Fèisean nan Gàidheal

A' toirt ar dualchais do ar n-òigridh

Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh

Oifisean Fèisean nan Gàidheal
111 Sràid Acadamaidh, Inbhir Nis

Dihaoine 20 Gearran 2009 @ 2.30pm



Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh a tha gu bhith air a cumail anns na h-Oifisean aig Fèisean nan Gaidheal, 111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir bho 2.30f Dihaoine 20 Gearran 2009

Clàr-Gnothaich

1.2009.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An làthair

(b) Leisgeulan

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd
Tha geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd, air a cumail air 5 Dùbhlachd 2008, air a chuairteachadh. Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird gabhail ris a' gheàrr-chunntas mar chlàr ceart den choinneamh.

(d) Cùisean a' togail ceann
Faodaidh buill puing sam bith a thogail a tha ag èirigh bhon gheàrr-chunntas nach eil a' nochdadh ann an àite eile air a' chlàr gnothaich.

1.2009.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a-rèir Prògram-obrach Fèisean nan Gàidheal
Tha geàrr-iomradh a' mìneachadh adhartais a thaobh nan amasan anns a' Phrògram Obrach againn air a chuairteachadh. Faodar puing sam bith a thogail air na tha sgrìobhte anns a' gheàrr-iomradh.

(b) Plana Leasachaidh 2010-15
A' cumail ris a' chlàr-ama a chaidh aontachadh aig a' choinneimh mu dheireadh, tha dreach Phlana Leasachaidh air chuairteachadh. Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don adhartas gu ruige seo agus structar a' Phlana mar a tha e an-dràsta.

(c) Comhairle Ealain na h-Alba agus Alba Chruthachail
Tha fiosrachadh ùr air tighinn a-mach bho Riaghaltas na h-Alba, air cuairteachadh an seo, mun ghluasad gu Alba Cruthachail, amasan a' bhuidhinn ùr, agus na h-uallachaidhean a tha gu bhith air na buidhnean Iomairt agus comhairlean ionadail. Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don fhiosrachadh.

1.2009.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Aithisg Ionmhais
Tha aithisg air a cuairteachadh le teachd a-steach agus teachd a-mach Fèisean nan Gàidheal gu 31 Faoilleach 2009. Tha liosta de na tabhartasan a tha air gealltainn dha na Fèisean airson 2008-09 na lùib mar fhiosrachaidh. Faodar ceist sam bith fhaighneachd mu gnothaichean ionmhais.

(b) Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire
Bidh am fiosrachadh seo ri fhaotainn aig a' choinneimh.

(c) Cunntasan Ràitheil gu 31 Dùbhlachd 2008
Tha MacNeacail agus Co air cunntasan ullachadh airson na ràithe gu 31 Dùbhlachd 2008, a tha an lùib nam pàipearan. Thathar ag iarraidh gun gabhadh buill a' Bhùird ris na cunntasan.

(d) Luchd Sgrùdaidh
Fhuair sinn fios aig a' choinneimh mu dheireadh nach biodh MacNeacail agus Com a' dèanamh obair sgrùdaidh an dèidh 31 Dùbhlachd 2008. An dèidh còmhraidhean aig a' choinneimh sin, tha paipear bhon Mhanaidsear Gnìomha air a sgaoileadh, agus bidh barrachd fiosrachaidh aig a' choinneimh. Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird aonta a thoirt do na molaidhean a bhios aice.

(e) Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean
Thèid aithris a thoirt do na buill leis a' Cheannard air an t-suidheachadh le taic-airgid bho Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean bhon Ghiblean 2009 air adhart.

1.2009.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a) Gaelic Policy revision
Tha Poileasaidh Gàidhlig air a bhith aig Fèisean nan Gàidheal fad ceithir bliadhnaichean, agus tha feum air beagan ath-nuadhachadh a thoirt air. Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don fhiosrachadh agus na molaidhean a tha anns an aithisg a tha air a cuairteachadh.

1.2009.05 LUCHD-OBRACH

(a) Pròram de thaisbeanaidhean bhon luchd-obrach
Bidh Jenna Chuimeanach, Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar, a' toirt seachad taisbeanadh air an obair anns a bheil i fhèin air a bhith an-sàs, mar phàirt de phròram thaisbeanaidhean bhon luchd-obrach. Tha molaidhean a thaobh taisbeanaidhean eile air an cuairteachadh. Thathar ag iarraidh air buill gabhail ris a' phròram.

1.2009.06 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Aithisgean Luchd-Obrach
Tha aithisgean bhon luchd-obrach air an cuairteachadh. Faodaidh buill ceist sam bith fhaighneachd agus thathar ag iarraidh orra fa-near a thoirt don fhiosrachadh a tha nan lùib.

(b) Iarrtasan airson Ballrachd
Tha iarrtasan bho dhà Fhèis ùr – Fèis Ghallaibh (Gallaibh) agus Fèis an t-Sratha (Blàr Ghobharaidh) air an cuairteachadh. Thathar ag iarraidh air buill gabhail ri na h-iarrtasan.

(c) Coinneamhan den Bhuidhinn Ghnìomh
Cha robh coinneamh den Bhuidheann Ghnìomh air thoiseach air a' choinneamh seo agus thathar ag iarraidh air buill aontachadh ri ceann-làithean, eadar 2 agus 3 seachdainean ro àm nan coinneamhan ri teachd, air am b' urrainn dhan bhuidheann ghnìomh coinneachadh.

(d) Coinneamh Bhliadhnail agus Co-labhairt 2009
Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird beachdachadh air àite freagarrach airson a' Cho-labhairt agus Coinneamh Bhliadhnail a thèid a chumail air Dihaoine 25 agus Disathairne 26 Sultain.

1.2009.07 EILE

(a) Ceann-latha na h-ath choinneimh
Thèid an ath choinneamh a chumail air Dihaoine 29 Cèitean. Bhon choinneamh mu dheireadh, tha cuid de na buill air tilleadh thugam ag ràdh gum biodh uair nan coinneamhan (4f feasgar Dihaoine) na thrioblald dhaibh airson faighinn dhachaigh an dèidh làimh. Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird beachdachadh a-rithist air an uair airson a' leigeil le daoine faighinn dhachaigh airson na deireadh seachdain.

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail ann an Taigh-òsta Kingsmills, Inbhir Nis bho 11m Dihaoine 5 An Dùbhlachd 2008

Àireamh air a' Chlàr Gnothaich: 1.2009.01(c)

4.2008.02 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An Làthair

Ceitidh NicAdhaimh (Cathraiche); Seòras Stoddart (Rùnaire); Mìcheal Sweeney; Alasdair MacDhòmhnaill; Màiri Oakley; Caitrìona Nic an t-Saoir; Mairead Chamshron; Katag NicNèill; Derek MacIllInnein; Art MacCarmaig (an làthair); Dàibhidh Boag (an làthair); Anna Willoughby (an làthair); Moreen Pringle (an làthair).

(b) Leisgeulan

Ealasaid Bain; Peigidh NicIllInnein; Seasaidh Newton; Sìne NicNèill; Agnes Rennie (Comhairle nan Eilean Siar); Iain Mac a' Ghobhainn (Comhairle Ealain na h-Alba)

(c) A' cur fàilte air buill ùra a' Bhùird agus a' taghadh Luchd-dreuchd

'S iad na còignear buill ùra den Bhòrd a chaidh a thaghadh o chionn ghoirid Màiri Oakley, Caitrìona Nic an t-Saoir, Mairead Chamshron, Katag NicNèill agus Derek MacIllInnein – bidh iad air a' Bhòrd an àite Ceitidh NicAdhaimh, Alasdair MacDhòmhnaill, Peigidh NicNeacail agus Sìne NicNèill (bha Laura Green air am Bòrd fhàgail mu thràth). Thugadh taing do na buill a bha a' fàgail airson an cuid taic agus dealas do dh'Fhèisean nan Gàidheal agus chuireadh fàilte air na buill ùra.

Na bu thràithe san latha, ro Choinneamh a' Bhùird, bhruidhinn Art MacCarmaig ris a' Bhòrd aig coinneimh neo-fhoirmeil gus innse (gu sònraichte do na buill ùra) mu eachdraidh Fèisean nan Gàidheal, an obair a tha iad a' dèanamh, dleastanasan buill a' Bhùird m.s.s.a.

Thuirt Ceitidh NicAdhaimh gur e beachd math a bhiodh ann nan stèidhicheadh am Bòrd 6 "Bun-riaghailtean" airson choinneamhan ris am bu chòir dhaibh cumail. Às dèidh dhaibh còmhradh mun deidhinn, chaidh na leanas aontachadh:

1)	Dìomhaireachd	-	Confidentiality
2)	Co-Obrachadh	-	Co-operation
3)	Spèis dha càch a-chèile	-	Mutual Respect
4)	Toirt taic dha chèile	-	Mutual Support
5)	Ag èisteachd	-	Listening
6)	A' gabhail pàirt	-	Participation

Seach gur e seo a' chiad choinneamh den Bhòrd ùr, b' fheudar dhaibh Luchd-dreuchd ùra a thaghadh.

An-dràsta 's e an aon dreuchd a th' anns an Rùnaire/Ionmhasair – chaidh aontachadh gum bu chòir cumail ri seo oir cha robhar am beachd gum feum dà dhreuchd fa leth airson Rùnaire agus Ionmhasair a bhith ann, agus b' e an aon dleastanas laghail gum bi Rùnaire ann.

Chaidh na dreuchdan a thaghadh mar a leanas:

Cathraiche:
Mhol Katag NicNèill Caitrìona Nic an t-Saoir mar chathraiche

Chuir Derek MacIllInnein a thaic ris a' mholadh

Cha robh gin a mholaidhean eile airson dreuchd a' chathraiche agus chaidh gabhail ri Caitrìona Nic an t-Saoir mar chathraiche.

Ionmhasair/Rùnaire
Mhol Caitrìona Nic an t-Saoir Seòras Stoddart airson na dreuchd
Thug Mairead Chamshron a taic ris a' mholadh

Cha robh gin a mholaidhean eile agus dh'aontaich Seòras Stoddart leantainn air mar Ionmhasair/Rùnaire.

(d) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de dh'Fhèisean nan Gàidheal
Chaidh geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 19 Sultain 2008 a sgaoileadh. Mhol Alasdair MacDhòmhnaill gum bu chòir gabhail ris mar chunntas fìrinneach den choinneimh, agus chaidh seo aontachadh leis a' Bhòrd agus Ceitidh NicAdhaimh a' cur a taic ris.

(e) Cùisean a thog ceann
Cha robh gin a chùisean a thog ceann.

4.2008.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh cur an gnìomh Pròg ram Obrach Fèisean nan Gàidheal
Chaidh geàrr-chunntas air adhartas, gu ruige seo, air cur an gnìomh Pròg ram Bliadhnail Fèisean nan Gàidheal a sgaoileadh agus thug buill fa-near dha.

(b) Plana Leasachaidh 2010-15
Chaidh geàrr-chunntas a sgaoileadh air beachdan bho na seiseanan a chaidh a chumail mun Phlana Leasachaidh aig a' Cho-labhairt Bhliadhnail san t-Sultain.
Rinn Art MacCarmaig taisbeanadh an uair sin don Bhòrd air an structar a bhathar a' moladh airson an ath Phlana Leasachaidh. Bha cothrom aig buill a' Bhùird agus luchd-obrach na beachdan aca fhèin a chur ris a' Phlana ùr, agus chaidh còmhraidhean a chumail cuideachd le Prìomh Luchd-compàirt.

Chan urrainnear planadh le cinnt gus a bheil sinn cinnteach à taic-airgid airson an ama ri teachd, gu sònraichte bho Iomairt nan Eilean agus na Gàidhealtachd, agus Comhairle Ealain na h-Alba, agus am buidheann a thèid na àite Alba Cruthachail.
'S ann cudromach a tha e gum bi am Plana Leasachaidh a' togail air na h-amasan aig Frèam Ro-innleachd Eaconomach agus Coileanadh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba.

Chaidh aontachadh gun tòisicheadh Art MacCarmaig air deasachadh dreachd a' Phlana agus gum faigheadh am Bòrd cothrom beachdachadh air aig coinneamh eile.

(c) Comhairle Ealain na h-Alba agus Alba Cruthachail
Chaidh aithisg a dheasaich Art MacCarmaig a sgaoileadh agus i a' toirt seachad am fiosrachadh as ùire air mar a bha Comhairle Ealain na h-Alba a' dol na bhuidheann ùr, Alba Cruthachail.

Thathar ag iarraidh air Fèisean nan Gàidheal beachdan a thoirt do SAC a thaobh dè tha iad a' smaoineachadh air na planaichean.

Bha còig Prìomhachasan Ro-innleachdail air am moladh: Daoine Cruthachail; Iomairtean Cruthachail; Susbaint Chruthachail; Àiteachan Cruthachail; Ionnsachadh Cruthachail.

Bha draghan ann, a dh'aindeoin nam Prìomhachasan Ro-innleachdail airson Alba Cruthachail, nach robh mìneachadh soilleir ann ciamar a bha iad a' dol a chur nam prìomhachasan aca an gnìomh, agus cò às a bha am maoineachadh/taic a' dol a thighinn agus mar sin air adhart.

Chaidh aontachadh, ma bha beachdan aig ball sam bith den Bhòrd a bha iad ag iarraidh a chur an clò, gum bu chòir dhaibh an toirt do dh'Art MacCarmaig ron Nollaig agus gun deasaich e freagairt às leth Fèisean nan Gàidheal.

4.2008.02 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Aithisg Ionmhasail

Chaidh aithisg a dheasaich an t-Àrd Mhanaidsear, Anna Willoughby, a sgaoileadh a bha a' sealltainn an teachd-a-steach agus na cosgaisean aig Fèisean nan Gàidheal suas gu 31 An Dàmhair 2008 a bharrachd air liosta de thabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean airson 2008-09. Thug buill a' Bhùird fa-near don aithisg.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh às ùire

Thuirt an t-Àrd-mhanaidsear gur iad na suimeannan:

- Cunntas Làitheil: £1,671.00
- Cunntas Àrd-rèidh: £1,674.00
- Cunntas Bhlas: £35.53
- Bha £100,000 air a thasgadh ann an cunntas ùine-fhada, agus bhathar am beachd £50,000 a thoirt às agus a chur don Chunntas Làitheil ro dheireadh a' mhìos, leis an £50,000 eile a' fuireach sa chunntas-tasgaidh.

(c) Cunntasan Ràitheil gu 30 An t-Sultain 2008

Chaidh Cunntasan Riaghlaidh gu 30 An t-Sultain 2008, a dheasaich MacNeacail & Co, a sgaoileadh. Thuirt Anna Willoughby gu robh call sna cunntasan airson na ràithe, thoradh cha d'fhuaras airgead bho Chomhairle na Gàidhealtachd, a bhathar a' sùileachadh, chun an Dàmhair, agus mar sin cha do nochd e sna cunntasan. Bhathar cuideachd a' sùileachadh maoineachadh airson Fèis Bhlas. Thugadh fa-near do na cunntasan.

(d) MacNeacail & Co.

Thuirt MacNeacail & Co, ar luchd-sgrùdaidh an-dràsta, nach bi iad a' dèanamh obair sgrùdaidh tuilleadh bho 31 An Dùbhlachd 2008. Chaidh pàipear a sgaoileadh le Art MacCarmaig a' cur an cèill na diofar mholaidhean airson an ama ri teachd.

Chaidh aontachadh sgrìobhainn tairgse a chur gu trì companaidhean ag iarraidh orra tairgse a chur a-steach airson nan diofar phàirtean den obair, agus an dùil gum biodh moladh ann airson companaidh iomchaidh aig coinneamh a' Bhùird sa Ghearran.

(e) Rannsachadh bho Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean air buaidh eaconomach nam Fèisean

Mar phàirt den chùmhnant trì bliadhna againn le HIE an-dràsta, dh'aontaich sinn a dhol an sàs ann an rannsachadh, a thèid a bharantachadh le HIE, gus tomhas dè a' bhuaidh eaconomach a th' aig ar n-obair. Chaidh pàipear a dheasaich Art MacCarmaig a sgaoileadh a bha a' toirt seachad fiosrachadh coitcheann mun rannsachadh a thathar am beachd a dhèanamh.

Thug am Bòrd fa-near dha gu robhar a' barantachadh an rannsachaidh agus dhearbh iad gun toireadh Fèisean nan Gàidheal an làn thaic don luchd-comhairleachaidh a dh'fhastadh HIE. San eadar-ama thòisicheadh còmhraidhean le oifigearan HIE mu mhaoineachadh san àm ri teachd.

(f) **Iarrtas airson Maoineachadh Leasachaidh**

Chuir Fèis Rois iarrtas a-steach gu Maoin Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal, a bha ag iarraidh barrachd na bha ceadaichte do na h-oifigearan a thoirt seachad. Chaidh lethbhreac den iarrtas, le aithisg bho Dhàibhidh Boag, a sgaoileadh.

Bha duilgheadasan ionmhasail air a bhith aig Fèis Rois am-bliadhna air sgàth grunn adhbharan. Thuirt Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Ealain na h-Alba gum biodh iad deònach maoineachadh a bharrachd a thoirt do dh'Fhèis Rois – ach gum feumadh Fèisean nan Gàidheal airgead a chur ris cuideachd.

Thugadh fa-near dha gu robh Dàibhidh Boag ag obair gu dlùth còmhla ri Fèis Rois, gan cuideachadh le structar ùr don fhèis, a' cur bhuidseatan air dòigh airson 2009 m.s.a.a., agus bhathar an dùil nach fhaiceadh duilgheadasan mar seo a-rithist.

Dh'aontaich am Bòrd gabhail ris an iarrtas fhad 's a chuireadh Comhairle na Gàidhealtachd agus SAC ris a' mhaoineachadh a dh'fheumar.
Chaidh litir a sgaoileadh bho Rita Nic an t-Sealgair a bha air Fèis Rois fhàgail – chaidh aontachadh gun sgrìobhadh Art MacCarmaig litir do Rita às leth a' Bhùird a' toirt taing dhi airson na h-obrach a rinn i thar nam bliadhnaichean.

4.2008.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a) **Tomhas Chunnartasn**

Às dèidh na bùth-obrach air Tomhas Chunnartan a chaidh a chumail san Lùnastal, agus an aithisg bho Deloitte, an t-Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh, agus an t-Àrd-mhanaidsear, bha gach cunnart a-nis air an cur fo dhiofar chinn, agus bha na cunnartan an urra ri diofar dhaoine agus bha cinn-latha ann airson a bhith a' toirt sùil às ùr air gach cunnart. Chaidh lethbhreac den Chlàr a dheasaich iad a sgaoileadh.

Thug am Bòrd fa-near don fhiosrachadh agus dh'aontaich iad gur ann an urra ris a' Bhuidheann Riaghlaidh a bhiodh e sùil a chumail air a' Chlàr agus ath-sgrùdadh a dhèanamh air às leth a' Bhùird.

(b) **A' Dearbhadh Fiosrachadh Pearsanta**

Chaidh pàipear, a dheasaich Art MacCarmaig, a sgaoileadh le fiosrachadh ùr air an t-siostam aig Fèisean nan Gàidheal airson a bhith a' dearbhadh fiosrachadh pearsanta dhaoine, agus a bha ag innse mu dhòighean-obrach ùra a dheigheadh a chur an sàs le Sgaoileadh Alba.

Tha ar stiùireadh san Fhoirm Iarrtais airson Tabhartasan ga dhèanamh soilleir gum feum am fiosrachadh aig gach neach-teagaisg, neach-stiùiridh, neach-obrach saor-thoileach agus mar sin air adhart, a tha ag obair aig na Fèisean, a bhith air a dhearbhadh, agus mura h-eil dh'fhaodadh nach toir Fèisean nan Gàidheal airgead an tabhartais seachad.

Bu chòir Fèisean liosta leis an luchd-teagaisg m.s.a.a. aca a chur a-steach co-dhiù 6 seachdainean mus tòisich an Fhèis, gus an tèid am fiosrachadh pearsanta a dhearbhadh.

Thug am Bòrd fa-near don aithisg agus dh'aontaich iad:

- 'S math dh'fhaodte nach toireadh luchd-obrach FnG airgead tabhartais do dh'Fhèisean aig an robh luchd-obrach nach deach a dhearbhadh a rèir Sgaoileadh Alba;
- Gum bu chòir Oifigear Poileasaidh & Trèanaidh FnG "deuchainn fallaineachd" a dhèanamh air ar Poileasaidh Dìon Cloinne gus dèanamh cinnteach gu bheil e a' leantainn stiùireadh Achd Dìon Bhuidhnean So-leònte (Alba) 2007;
- Gum bu chòir FnG innse do dh'Fhèisean mu atharrachadh sam bith, nuair a thigeadh e, agus gum bu chòir dhuinn iarraidh air daoine toirt an aire air atharraichean agus/no trèanadh a chur air dòigh, nuair a bhios e iomchaidh.

4.2008.05 LUCHD-OBRACH

(a) Pròraman nan Taisbeanaidhean bho Luchd-obrach

Bha e na chleachdadh, thar na bliadhna a dh'fhalbh, do luchd-obrach a bhith taisbeanadh an cuid obrach don Bhòrd. Thàinig am pròram seo gu crìch, agus chaidh iarraidh air a' Bhòrd innse am bu thoigh leotha gun cumadh am pròram seo a' dol ann an 2009.

Dh'aontaich am Bòrd gum bu chòir leantainn leis a' phròram, oir bha iad a' smaoineachadh gu robh na taisbeanaidhean a' toirt beachd feumail dhaibh air obair Fèisean nan Gàidheal, gu sònraichte a thaobh phròiseactan ùra agus mar sin air adhart, agus bha cothrom aca ceistean a chur cuideachd.

(b) Neach-taic Dràma

B' ann bàn a bha an dreuchd, Neach-taic Dràma, aig Fèisean nan Gàidheal. Thuirt Anna Willoughby gun deach am post a shanasachd, agus gun d'fhuaras trì tairgsean. Rinn Dàibhidh Boag agus Dùghlas Beck agallamh le dithis thagraichean na bu thràithe san t-seachdain agus bha iad a' dol a thoirt agallamh don tagraiche eile air 11 an Dùbhlachd. Bhathar an dòchas gum fastadh iad cuideigin às dèidh sin agus dheigheadh innse do bhuill a' Bhùird dha rèir.

4.2008.06 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Aithisgean Adhartais Luchd-obrach

Chaidh aithisgean adhartais bho luchd-obrach a sgaoileadh agus thug Buill a' Bhùird fa-near dhaibh. Bha am Bòrd a' faireachdainn gu robh na h-aithisgean seo soilleir agus feumail agus gur e dòigh mhath a bh' ann fios a chumail riutha dè bha daoine ris.

(b) Fèis Bhlas Earr.

Chaidh geàrr-chunntas na coinneimh de Bhòrd Fèis Bhlas Earr., a chaidh a chumail air 16 Sultain 2008, a sgaoileadh còmhla ri lethbhreac de aithisg a chaidh a dheasachadh airson coinneamh de Chomataidh Gàidhlig Comhairle na Gàidhealtachd, anns an robh fiosrachadh staitistigeil mu fhèis na bliadhna agus buidseat suas gu 18 Samhain 2008.

Shoirbhich leis an Fhèis, agus bha grunn math daoine aig gach tachartas agus iad a' còrdadh riutha gu mòr. Thug na meadhanan deagh shanasachd don fhèis cuideachd agus chaidh ceithir pròraman a dhèanamh do BhBC Alba.

Thugadh taing do Chomhairle na Gàidhealtachd airson an taic agus chaidh innse gu robh iad air tòiseachadh air ullachadh airson Blas 2009 mu thràth.

4.2008.07 EILE

(a) Cinn-latha airson Coinneamhan eile

Chaidh aontachadh gun cumadh coinneamhan ann an 2009 mar a leanas:

Dihaoine 20 Gearran	- Inbhir Nis (tòiseachadh 4f) – àite tbc
Dihaoine 29 Cèitean	- An Gearasdan (uair & àite tbc)
Dihaoine 25/Disath 26 Sultain	- AGM/Co-labhairt (àite tbc)
Dihaoine 4 Dùbhlachd	- uair agus àite tbc

(b) A' cur Meal-a-naidheachd

Bhathar a' cur meal-a-naidheachd air Anna Willoughby, an t-Àrd-mhanaidsear, a cheumnaich o chionn ghoirid le Master of Business Administration (MBA) às dèidh dhi crìoch a chur air Dioplòma PG ann an Eòlas Riaghlaidh. Thug am pròram air fad 3 bliadhna eadar ionnsachadh air-loidhne, làithean ionnsachaidh air falbh bhon oifis agus deireadh-seachdainean aig cùrsaichean còmhnaidh.

(c) **Buill a' Bhùird a' leigeil dhiubh an dreuchd**

Thug Art MacCarmaig taing do Cheitidh NicAdhaimh às leth Fèisean nan Gàidheal airson na saothrach cruaidh agus an taic a thug i dhaibh mar Chathraiche Bòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal. Thugadh taing cuideachd do dh'Alasdair MacDhòmhnaill, Sìne NicNèill agus Peigidh NicNeacail airson na rinn iad thar nam bliadhnaichean.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas a-rèir Pròg̀ram-obrach Fèisean nan Gàidheal
Àireamh air a' Chlàr Gnothaich: 1.2009.02(a)

Tha an aithisg ràitheil seo a' gabhail a-steach an ùine gu h-àrd. Tha an aithisg a' dèanamh oidhirp air na taisbeanairean coileanaidh – no toraidhean – a ghabhail a-steach, suidhichte mu choinneamh ceumannan taobh a-staigh Plana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal (FnG) le Comhairle Ealain na h-Alba (CEA), Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (IGE) agus Bòrd na Gàidhlig (BnG) a thaobh rèiteachaidhean maoineachaidh fa leth leis na buidhnean sin.

Gus an aithisg a chumail sìmplidh tha sinn air siostam 'DOU' a chleachdadh – Dearg, Orains & Uaine – agus tha inbhe gach aon dhiubh mar a leanas:
D (Dearg) = Chan eil air-slighe an-dràsta, agus chan eil ceumannan gus adhartas a ghleidheadh ann an àite fhathast. Cunnart gum faodar targaidean a chall;
O (Orains) = Chan eil air targaid an-dràsta, ach le ceumannan ann an àite gus adhartas a ghleidheadh;
U (Uaine) = Air targaid.

Fios. Plana Leas.	Ceum ann am Plana Leasachaidh	Dleastanas	Taisbeanairean Coileanaidh	Adhartas	Inbhe
1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh an raoin ghnìomhan aca**				
1.1	Sgeama Thabhartasan airson Fèisean	Ceannard	Leantainn air adhart a' ruith Sgeama Thabhartasan airson Fèisean (Targaid CEA)	Sgeama thabhartasan ann an àite	**U**
				Tabhartasan gam pàigheadh a-mach a rèir aontaidhean	
		Manaidsear Gnìomha	Lìbhrig taic Cobhair-tabhartais do 35 Fèis aig a' char as lugha gach bliadhna (Targaid IGE)	Tabhartasan air an tabhann do 44 Fèisean airson 2008-09	**U**
				Tabhartasan air an tabhann do 36 Fèisean ann an sgìre Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean	
		Manaidsear Leasachaidh	Le IGE agus càch, leudaich an t-ionmhas a tha ri fhaotainn do R & L tro Mhaoin Leasachaidh na Fèise (Targaid CEA)	Maoin £60k ri fhaotainn airson 2008-09	**U**
				Modh tagraidh fosgailte, leantainneach	
				Tha an ceann-latha mu dheireadh airson iarrtasan aig deireadh na Dùbhlachd agus dùil againn gun tèid an t-airgead air fad a chosg.	
		Manaidsear Leasachaidh	Thoir taic do 3 pròiseact ùr agus innleachdach aig a' char as lugha gach bliadhna tro Mhaoin Leasachaidh na Fèise (Targaid CEA)	Tha làn dhùil gun tèid seo a choileanadh. Tha grunn tagraidhean air tighinn air adhart am-bliadhna.	**U**
1.2	A' lùghdachadh an eallaich air saor-thoilich	Oifigearan Leasachaidh	Luchd-obrach taice suidhichte	Ghabh buill na sgioba leasachaidh grunn fhèisean os làimh mar Phrìomh Oifigear agus chaidh coinneamhan mheasaidh fhoirmeil a chumail anns an	**U**

				t-Samhain agus an Dùbhlachd.	
		Oifigearan Leasachaidh	Raon de sheirbheisean taice suidhichte	Le fiosrachadh mionaideach gu h-ìseal fon cheann seirbheis iomchaidh.	**U**
		Oifigear Trèanaidh Oifigear Gàidhlig Oifigearan Leasachaidh	Tha poileasaidhean air an dèanamh cho furasta 's a ghabhas airson 's gun urrainn do shaor-thoilich an lìbhrigeadh	A' chuid as motha de phoileasaidhean rim faotainn airson an luchdachadh a-nuas air làrach-lìn agus air CD uair gach bliadhna.	**U**
				Trèanadh air a thabhann nuair a tha feum air gnìomh bho shaor-thoilich	
				Taic phragtaigeach le buileachadh poileasaidh Gàidhlig agus cùrsaichean freagarrach air an tairgse do luchd-teagaisg, luchd-eagrachaidh agus soar-thoilich. Bidh sinn ag ùrachadh ar poileasaidh.	
				Ag obair an-dràsta air Cothromachd. Tha Clàr Chunnartan a-nise suidhichte.	
		Manaidsear Gnìomha Oifigearan Leasachaidh Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh	Leantainn air adhart le sgeama Uairean Bliadhnail, le àrdachadh ann an reata gach uair a thìde	Uaireannan stèidhichte air an tabhann airson 2008-09 mar phàirt de thairgse tabhartais	**U**
				Sgioba Leasachaidh ag obair na bu dlùithe ris an luchd-obrach a tha air am fastadh tron sgeama seo agus Oifigear Treànaidh agus Poileasaidh ri dhèanamh cinnteach gum bi iad uile a' nochdadh aig an Fhèis Trèanaidh.	
		Ceannard	Cuir an dreuchd 5 Oifigearan Leasachaidh Fèise ionadail (Targaid IGE)	4 oifigearan leasachaidh an dreuchd an-dràsta.	**O**
				A dh'aindheoin oidhirp eile gus dreuchd Oifigear Leasachaidh a stèidheachadh le comhairlean bailteil, cha deach leinn.	
1.3	Co-labhairt Bhliadhnail	Manaidsear Ghnìomha Oifigear Gnìomhais Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh	Cùm Co-labhairt Bhliadhnail (Targaid CEA)	Bha co-labhairt 2008 anns a' Ghearasdan air 19mh agus 20mh Sultain agus bha e soirbheachail.	**U**
1.4	Àrachas	Manaidsear Ghnìomha	Còmhdach àrachais gu leòr suidhichte airson Fèisean nan Gàidheal, a luchd-obrach agus gnìomhan Fèise uile.	Poileasaidh air ath-bhreithneachadh agus air ùrachadh gach bliadhna.	**U**
				Chaidh còmhdach a leudachadh agus suimean le àrachas àrdachadh mar a tha iomchaidh.	
1.5	Banca ionnstramaidean ciùil	Oifigear Gnìomhachais	Iasad cunbhalach de dh' ionnstramaidean do dh'Fhèisean.	Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh	**U**
				Tha iarrtas a' toirt bàrr air solarachadh ann an Ionnstramaidean Fèise a tha a-muigh a' mhòr-chuid den bhliadhna.	
			Air màl gu daoine fa leth gus teachd-a-steach a mheudachadh.	Cinnteach gun tèid ar targaid airson ìre de dh' ionnstramaidean air màl air ruighinn.	**U**
1.6	Sgrùdadh Sgaoilidh	Neach-tionail Manaidsear Ghnìomha	Luchd-teagaisg agus saor-thoilich uile an lùib nam Fèisean air sgrùdadh Sgaoilidh neartaichte fhaotainn.	Obair leantainneach.	**U**
				Sgrùdaidhean a-nis gan ùrachadh dhaibhsan a tha air a bhith air an stòr-dàta nas fhaide na trì bliadhnaichean.	

			Lean air adhart a' dèanamh cinnteach à deagh-chleachdadh a thaobh Dìon Chloinne (Targaid CEA)	Poileasaidh air ùrachadh agus air a sgrùdadh air stèidh leantainneach, le mothachadh gu bheil atharrachaidhean gu bhith a' tighinn air an t-siostam gu nàiseanta. Tha pìos anns a' Chuairt Litir a tha air a cuairteachadh an-dràsta. Feumaidh na Fèisean uile liosta de luchd-teagaisg a chur a-steach agus tha tar-fhiosrachadh air a chumail orra gus dèanamh cinnteach gu bheil Sgaoileadh làithreach aca, mus tèid tabhartas a phàigheadh. Duilgheadasan ann le cuid de dh'fhèisean a tha gam fàgail gun tabhartas aig amannan. Chaidh seo aontachadh leis a' Bhòrd anns an Dùbhlachd 2008.	**U**
1.7	Cumail suas stòr-dàta Luchd-teagaisg Fèise	Oifigear Gnìomachais	Dàta, a thathar ag ùrachadh gu tric, ri fhaotainn an còmhnaidh.	Chaidh ath-nuadhachadh a dhèanamh air an stòr-dàta gus a dhèanamh nas fhasa a chleachdadh.	**U**
1.8	Leasachadh, sgaoileadh agus reic fhoillseachaidhean	Oifigear Gnìomachais	Foillsich leabhar a' comharrachadh 25 bliadhna de dh' Iomairt nam Fèisean ro no ann an 2006 (Targaid IGE)	Tha sinn an-dràsta ag obair air a bhith a' reic na 's urrainn dhuinn tro Fhèisean, bhùithtean msaa. Tha bùth gu bhith air a steidheachadh air an làrach lìn againn.	**U**
1.9	Dèanamh agus sgaoileadh naidheachdan cunbhalach agus fiosrachadh eile	Oifigear Gnìomhachais Luchd-obrach air fad		*Failleas* a-nis ga dhèanamh gu proifeiseanta air stèidh chunbhalach le iris eile dìreach ron Nollaig. Fiosrachadh de gach seòrsa a' buntainn ri Fèisean ga sgaoileadh air stèidh chunbhalach – cothroman maoineachaidh, fiosrachadh *VAN*, cothroman obrach, tachartasan msaa.	**U**
1.10	Taic airson Fèisean ùra	Manaidsear Leasachaidh	Cruthaich 2 Fhèis ùr gach bliadhna (Targaid IGE)	Fèis Dhùn Omhain, Fèis Dhrochaid a' Bhanna, Fèis Cholla agus Fèis Dhiùra ri gabhail àite airson a' chiad thuras ann an 2008-09. Dùil ri Fèisean ùr ann an Gallaibh agus ann am Blàr Ghobharaidh.	**U**
1.11	A' toirt taic do leasachadh Fhèisean, no cruinneachaidhean de dh'Fhèisean, ag iarraidh barrachd neo-eisimeileachd	Ceannard Manaidsear Leasachaidh Oifigearan Leasachaidh	Lean air adhart a' toirt taic do phròiseactan Fèise fa leth leithid gnìomhan leudachaidh Fèis Bharraigh (Targaid CEA)	A' toirt taic do dh'Fhèisean Lochabair le Oifigear Leasachaidh ùr làn-ùine ann an dreuchd. Tha Fèis Spè a' faighinn taic bhon mhaoin stiùireadh pròiseict againn airson Oifigear Leasachaidh pàirt-ùine agus pròg ram obrach. Tha sinn a' leantainn le taic do dh'Fhèis Bharraigh le stiùireadh Neach-obrach Pròiseict pàirt-ùine bho latha gu latha Tha Fèisean ann an sgìre InG a' faighinn taic le airgead a bharrachd bhon Mhaoin Leasachaidh againn gus maoin a dh'fhaodadh iad a bhith a' dùileachadh fhaighinn bhon LEC aca a chothromachadh. Tha sinn air a bhith a' cumail stiùir ri Fèis Rois aig àm far a bheil atharrachaidhean air a bhith a' gabhail àite.	**U**

1.12	A' leudachadh taic airson nam Fèisean taobh a-muigh sgìrean 'traidiseanta' ùghdarrais ionadail	Ceannard	Le co-obrachadh le aon ùghdarras ionadail no barrachd, cuir Oifigear Leasachaidh an dreuchd gus Fèisean a chòmhdach nach eil air an còmhdach le oifigearan a tha ann mar-thà. (Targaid CEA)	Mar a thathar ag aithris gu h-àrd, tha sinn a' coimhead air cho ion-obrachail 's a bhiodh e oifigear fhastadh gus na raointean seo a sheirbheiseachadh.	**O**
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**				
2.1	Deasaich Poileasaidh Gàidhlig airson Fèisean nan Gàidheal, ris an gabh buill na buidhne	Oifigear Gàidhlig	Leasaich agus meudaich ruigsinneachd do chànan agus cultar na Gàidhlig tro bhuileachadh Poileasaidh Cànain Gàidhlig agus leasachadh gnìomhan dràma Gàidhlig, a' gabhail a-steach Sgoil Shamhraidh airson Dràma Gàidhlig (Targaid CEA)	Poileasaidh air a thoirt gu foirmeil do dh'Fhèisean le litrichean tairgse, cuide ri stiùireadh, agus tha fianais gu bheil nas motha de dh'Fhèisean an-sàs ann an obair mhath a chur an gnìomh.	**U**
				Planaichean Gàidhlig agus fiosan-ùra bliadhnail air an cur a-steach gu Fèisean nan Gàidheal agus bha seo mar phàirt de na coinneamhean mheasaidh bhliadhnail a chaidh a chumail.	
			Leasaich a' Ghàidhlig anns an Fèisean (Targaid BnG)	Taic as motha air a thoirt gus buileachadh gu h-èifeachdach tron Sgioba Gàidhlig againn.	
				Seach gu bheil uidheamachdan taice a-nis suidhichte, tha nas lugha de leisgeulan aig Fèisean gun a bhith a' buileachadh a' phoileasaidh nas iomlaine. Chaidh aonta a dhèanamh leis a h-uile fèis air dè bu chòir dhaibh a bhith a' dèanamh nuair a chaidh coinneamh a chumail riutha.	
2.2	Leasaich Sgioba Leasachaidh airson na Gàidhlig	Oifigear Gàidhlig	Sgiobannan a bhruidhneas a' Ghàidhlig ri bhith rim faotainn do dh'Fhèisean ionadail	Bidh Sgioba-G a' tadhal air Fèisean gu tric gus Fèisean a chuideachadh le buileachadh Poileasaidh Gàidhlig, agus le pròg ram obrach a dhèanamh gus freagairt air feumalachdan fa leth.	**U**
2.3	Leasaich uidheamachdan airson a' Phoileasaidh Ghàidhlig againn a libhrigeadh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal	Oifigear Gàidhlig Oifigearan Leasachaidh Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh	Leasachaidhean agus stuthan gu bhith air an cruinneachadh (Targaid BnG)	Beag air bheag a' dèanamh cinnteach gu bheil gach Fèis a' dèanamh feum de foillseachaidhean dà-chànanach agus tha seo na chùnnradh tabhartais. Tha còmhraidhean mun seo aig coinneamhan sgrùdaidh bliadhnail.	**U**
			Stòr-dàta de bhriathran agus bhriathrachas airson Fèisean ri bhith air a leasachadh (Targaid BnG)		
			Cùrsaichean Gàidhlig agus stuthan gu bhith air an lìbhrigeadh (Targaid BnG)	Obair leantainneach a tha seo. Tha taic ri fhaotainn le eadar-theangachaidhean; faodaidh luchd-teagaisg, luchd-eagrachaidh agus luchd-obrach pàirt a ghabhail ann an grunn chùrsaichean; agus tha iad air am measadh ann an dòigh iomchaidh.	
			Measadh ri dhèanamh (Targaid BnG)		
2.4	Leasaich Fèisean a tha gu tur tro mheadhan na Gàidhlig, agus teagasg tro mheadhan na Gàidhlig aig Fèisean a tha ann mar-thà agus feadhainn ùra	Ceannard Oifigear Gàidhlig	Àireamh fhàsmhor de dh'Fhèisean tro mheadhan na Gàidhlig	6 Fèisean a-nis tro mheadhan na Gàidhlig, agus teagasg tro mheadhan na Gàidhlig ga leasachadh ann am Fèisean nach eil gu tur tro mheadhan na Gàidhlig.	**O**

				Thèid sùil a chumail air a seo le aithrisean-sgrùdaidh.	
		Manaidsear Leasachaidh Bòrd	Dèan cinnteach à dealas do Ghàidhlig am measg Fèisean ùra	Cha tèid Fèisean ùra a leigeil a-steach airson ballrachd gun taisbeanadh gu bheil dealas aca don Ghàidhlig.	**U**
				Feumaidh buill a' Bhùird aontachadh ri iarrtas ballrachd sam bith.	
2.5	Leasachadh Dràma na Gàidhlig	Oifigear Dràma	Leasaich 2 Fhèis airson dràma Gàidhlig (Targaid CEA)	Tha dùil againn co-dhiù 4 Fèisean Dhràma a chumail ann an 2008-09.	**U**
		Oifigear Dràma	Lìbhrig 2 sgoil shamhraidh Ghàidhlig aig a' char as lugha (Targaid IGE)	Chaidh a' chiad Sgoil Shamhraidh a cumail anns an Iuachar le 19 com-pàirtichean agus bha i fìor shoirbheachail le cuairt bho Mhìnistear agus oidhche shònraichte de thaisbeanaidhean.	**U**
			Sgoil Shamhraidh Dràma ri gabhail àite (Targaid BnG)	Tha seo fo stiùir làitheil Dougie Beck agus Buidheann-stiùiridh agus tha iad a' cur plana air dòigh airson na h-ath bhliadhna, ann am Port Rìgh a-rithist.	
			Measadh air buannachadan na Sgoil Shamhraidh (Targaid BnG)		
3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh na h-earrainn foghlaim foirmeil**				
3.1	Cùmhnant airson Iomairt Ciùil Òigridh sa Ghàidhealtachd	Ceannard/ Co-òrdanaiche ICO	Lean air adhart a' leasachadh obair nam Fèisean leis an earrainn fhoghlaim fhoirmeil, ann an com-pàirteachas le ICO sa Ghàidhealtachd agus ann an Lodainn an Ear (Targaid CEA)	Leantainneach, agus a' ruith gu soirbheachail air Gàidhealtachd.	**U**
				Tha sinn air tarraing às a' chùmhnant le Comhairle Lodainn an Ear leis gu bheil neach ag obair dhaibh làn ùine air gnothaichean ICO.	
				Co-òrdanaiche Pàirt-ùine, Rae Nic Eachearna, a' leantainn oirre a' coimhead as dèidh cùisean eagrachaidh bho latha gu latha.	
				Latha trèanaidh glè shoirbheachail air a chumail ann an Srath Pheofhair air 9mh Cèitean le deagh àireamh luchd-teagaisg an làthair agus bha latha soirbheachail eile anns an t-Sultain. Latha trèanaidh eile gu bhith a' tachairt anns a' Ghearran.	
3.2	Comas airson obair chùmhnant Iomairt Ciùil na h-Òigridh (ICO)ann an sgìrean eile	Ceannard	Leudaich lìbhrigeadh chlasaichean ciùil traidiseanta thar sgìre Comhairle na Gàidhealtachd, ann an com-pàirteachas ri ICO, far a bheil iomchaidh (Targaid CEA)	Cha deach mòran adhartais a dhèanamh air seo ann an 2008-09 fhathast. Ged a chùm sinn còmhraidhean le Comhairle nan Eilean Siar tha againn ri coinneamh a chur air dòigh leis an oifigear a bhios a' dèiligeadh ri seo.	**O**
3.3	Obair air Cànan na Gàidhlig ann an sgoiltean	Oifigear Dràma	Meanbh-Chuileag ri tadhal air sgìrean 5 LEC gach bliadhna (Targaid IGE)	Leigeadh an tabhartas luach £25k a fhuair sinn bho Riaghaltas na h-Alba airson Meanbh-Chuileag leinn seo a choilionadh ann an 2008-09.	**U**

3.4	Obair foghlaim foirmeil eile	Ceannard Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh		Mar phàirt den Fhèis Bhlas am-bliadhna, bha pròg ram foghlaim gu math farsaing a ruith aig an aon àm ri na tachartasan eile, le barrachd is 3,200 sgoilear an-sàs. Tha planaichean airson Acadamaidh Fèise gun adhartais an-dràsta airson adhbharan eadar-dhealaichte. Trèanadh luchd-teagaisg air a lìbhrigeadh tro Cholaistean Stow agus Pheairt le dòchas gum bi àiteachan eile deònach an aon rud a dhèanamh. Tha CnE deònach an obair seo a leudachadh ach 's docha fo bhratach Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba.	**U**
4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant, le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth**				
4.2	Leasachadh Blas – A' Comharrachadh Ceòl na Gàidhealtachd	Ceannard Manaidsear Leasachaidh	Leasaich agus leudaich pròg ram Bhlas gus am bi e comasach dhan fhèis a bhith na pàirt chudromach den Tilleadh Albannach ann an 2009. (Targaid CEA) Fèis ri gabhail àite (Targaid BnG)	Tha Blas air maoin fhaighinn mu thràth bhon An Tilleadh Albannach airson na fèise ann an 2009. Bidh pròg ram na bliadhnasa air an làrach-lìn anns an Fhaolleach.	**U**
		Ceannard Manaidsear Leasachaidh	Pròg ram a lìbhrigeadh a tha air a dhealbhadh gus freagairt air prìomh amasan Blas (Targaid CG) Àireamh thachartasan ri measadh (Targaid BnG)	'S ann mar seo a bha cuisean ann an 2008 le pròg ram a tha a' com-pàirteachadh dhaoine òga, cànan na Gàidhlig, luchd-ealain eadar-nàiseanta agus innleachdas, a bharrachd air 4 pròg raman telebhisean uair a thìde air BBC Alba.	**U**
		Ceannard Manaidsear Leasachaidh	Ma tha maoineachadh a bharrachd ga cheadachadh, leantainn le taic a thoirt do chòig Chuairtean Cèilidh agus seachdain de Cheòl Gàidhlig ann an Sgoiltean gach bliadhna (Targaid CG)	Fhuair sia Cuairtean Cèilidh taic tron t-samhradh.	**U**
		Ceannard Manaidsear Leasachaidh	Fèis a lìbhrigeadh a tha in-ghabhaltach agus a bhios tarraingeach do thar-earrainn farsaing de bhuidhnean aoise agus cultair (Targaid CG)	Tha fèisean a chaidh a chumail roimhe air daoine bho aois 5 gu 80+ a tharraing. Bha an sluagh as motha riamh aig fèis na bliadhnasa ged a bha nas lugha de phrìomh thachartasan againn.	**U**
		Ceannard Manaidsear Leasachaidh	Gus ìrean sàr-mhath ealain a chumail suas agus ìrean àrda de chùram luchd-cleachdaidh agus luchd-ùidh (Targaid CG)	An crochadh air luchd-brosnachaidh ionadail airson cùram luchd-cleachdaidh ged a bha riochdaire Blas aig gach tachartas. Chaidh coinneamh a chumail leotha anns a' Ghiblean, aig Fòram PAN, airson dèanamh cinnteach gun robh fhios aca dè bha a dhith bhon taobh againne. Tha sinn a' creidsinn gun deach pròg ram fìor mhath a chur air adhart am bliadhna agus thug an luchd-amhairc seachad am beachdan. Bha 88% (4.4 a-mach à 5) gu math toilichte leis an ìre aig an robh tachartasan.	**U**

				Rinn sinn cinnteach gun deach coimhead as dèidh feadhainn a bha nan urrasairean, agus luchd-maoineachaidh, le tiocaidean an-asgaidh agus eile, mar is àbhaist.	
			Beachdan luchd-amharc air an clàradh (Targaid BnG)	Bha ceisteachan aig a h-uile tachartas agus chaidh na freagairtean an cruinneachadh agus an cur ann an aithisg.	
4.3	A' leantainn le taic airson Cuairtean Cèilidh Fèise	Ceannard Manaidsear Leasachaidh	Ann an com-pàirteachas le Fèisean, thoir tuilleadh leasachaidh air lìonradh de Chuairtean Cèilidh (Targaid CEA)	Maoineachadh ri fhaotainn taobh a-staigh buidseat Blas, agus bha Cuairtean Cèilidh air an cumail, nam measg tè ùr sna h-Eileanan Siar ann an 2008-09.	**U**
		Oifigearan Leasachaidh	Cruthaich 5 Cuairtean Cèilidh Fèise aig a' char as lugha thar sgìre IGE ro no ann an 2009 (Targaid IGE)	Sia air an cumail am-bliadhna.	**U**
4.4	A' brosnachadh Fhèisean ionadail gus stuthan a thasgadh airson an cleachdadh ann an suidheachaidhean teagaisg san sgìre aca	Oifigear Tasglann & Pròiseactan Sònraichte	Pròiseact tasglannaidh ri stèidheachadh.	Tha obair a' leantainn aig àrd ìre. Chaidh an leabhar bhon phròiseact le Fèis a' Bhealaich fhoillseachadh.	**U**
4.5	Leasachadh Ro-innleachdach Ealan na Gàidhlig - GASD *(Gaelic Arts Strategic Development)*	Ceannard Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh	Cùm suas agus builich am pròg ram GASD mar àrd-chòm-pàirtiche (Targaid CEA)	Obair leantainneach agus FnG na lùib mar làn chom-pàirtiche ann am fòram GASD cho fad 'sa tha chumas e a' dol.	**U**
				Chaidh aontachadh ri Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig le Bòrd na Gàidhlig. Tha Oifigear Ealain Gàidhlig gu bhith air fhastadh eadar am Bòrd agus CnE.	
4.6	Gnìomhan Eadar-Fèise	Manaidsear Leasachaidh Oifigearan Leasachaidh		Maoineachadh airson gnìomhan eadar-Fèise air amalachadh taobh a-staigh na Maoin Leasachaidh bho 2007 air adhart.	**U**
Further explanation of the nature and purpose of each fund is included in the notes to the financial statements.

Pension costs and other post-retirement benefits
The charitable company operates a defined contribution pension scheme. Contributions payable to the charitable company's pension scheme are charged to the Statement of Financial Activities in the period to which they relate.

NOTES TO THE FINANCIAL STATEMENTS - CONTINUED
for the Year Ended 31 December 2008

2. TANGIBLE FIXED ASSETS

	Plant and machinery etc £
COST	
At 1 April 2008 and 31 December 2008	**114,450**
DEPRECIATION	
At 1 April 2008	**106,168**
Charge for period	**2,070**
At 31 December 2008	**108,238**
NET BOOK VALUE	
At 31 December 2008	**6,212**
At 31 March 2008	8,282

FÈISEAN NAN GÀIDHEAL

DETAILED STATEMENT OF FINANCIAL ACTIVITIES
for the Period Ended 31 December 2008

	Total	Core activities	Training	Blas Festival	Schools project	Gaelic Development	Heritage project
Income							
Memberships	5,520	5,520					
Sales of publications	1,938	1,938					
Instrument bank revenue	6,856	6,856					
Administration fees	59,685	59,685					
Other income	16,281	16,281					
Deposit account interest	5,394	5,394					
Scottish Arts Council	267,000	267,000					
Highland Council	336,752	61,741		105,000	201,011		
Comhairle nan Eilean Siar	17,500	17,500					
Argyll & Bute Council	4,100	4,100					
Highland & Islands Enterprise	161,529	116,029		45,500			
Bòrd na Gàidhlig	25,180			21,200		3,980	
Performance fees	80,166					80,166	
National Lottery	25,000						25,000
Box office	59,734			59,734			
East Lothian Council	17,586				17,586		
Iomairt Colmcille	1,250			1,250			
VisitScotland	23,000			23,000			
Other income	270		270				
Total income	1,145,740	562,043	270	255,684	218,597	84,146	25,000
Expenditure							
Instrument bank costs	2,141	2,141					
Wages	85,440	34,476				50,964	
Insurance	602			602			
Advertising & marketing	39,092			39,092			
Sundries	14,781	9,731		5,049			
Development officers tutors	103,151	40,571			62,580		
Travel expenses etc	99,735	541		9,106	45,535	44,553	
Child protection costs	6,913	6,913					
Training	9,309					9,309	
Workshops	9,638	2,873			3,632	3,134	
Materials	6,324				6,324		
Portrait of a Nation	22,900						22,900
Archiving project	25,337						25,337
Ceilidh Trails	57,780			57,780			
Festival costs	152,810			152,760		50	
Project management	52,527			31,872	20,655		
Management charge	19,585	4,585		15,000			
Depn of plant & machinery	2,070	2,070					
Grants to institutions	152,635	152,635					
Committee expenses	6,261	6,261					
Legal fees	2,750	2,750					
Auditors' remn - non-audit	3,840	3,840					
Annual Conference	6,164	6,164					

Wages	117,731	117,731					
Social security	16,241	16,241					
Pensions	6,855	6,855					
Office rent	16,896	16,896					
Light and heat	2,464	2,464					
Telephone	5,857	5,857					
Postage and stationery	15,356	15,356					
Staff travel and expenses	27,836	27,836					
Bank charges	315	294		20			
Total Expenditure	1,091,337	485,082		311,281	138,726	108,010	48,238
Surplus/(Deficit) for period	54,403	76,961	270	(55,597)	79,871	(23,864)	(23,238)

Fèisean nan Gàidheal

Luchd-sgrùdaidh

Àireamh air a' Chlàr Gnothaich: 1.2009.03(d)

Adhbhar a' Phàipeir

Thathar ag iarraidh air buill aonta ri neach-sgrùdaidh ùr airson obair chunntasachd a' bhuidhinn.

Bun fhiosrachadh

Tha ar luchd-sgrùdaidh, MacNeacail agus Co, air leigeil fhaicinn nach bi iad a' dèanamh obair sgrùdaidh an dèidh 31 Dùbhlachd 2008. Tha MacNeacail & Co ag ràdh gun cuir iad ri chèile nan cunntasan gu deireadh bliadhna an ionmhais ach tha seo a' ciallachadh gum biodh feum againn air neach-sgrùdaidh clàraichte a bheireadh sgrùdaidh air na cunntasan suas gu 31 Am Màrt 2009.

Chaidh aonta aig a' choinneimh mu deireadh den Bhòrd gun rachadh iarrtasan a chur a-mach gu luchd-sgrùdaidh airson buidheann freagarrach fhaighinn airson na h-obrach seo ro choinneamh a' Ghearrain.

Iarrtasan

Bha sinn a coimhead airson iarrtasan bho luchd-sgrùdaidh airson na h-obair chunntasachd bhliadhnail againn agus cuideachd an obair chunntasachd àbhaisteach againn mar a leanas:

- Ag ullachadh cunntasan bliadhnail airson Fèisean nan Gàidheal gu 31 Am Màrt 2009.
- Ag ullachadh cunntasan bliadhnail airson Blas Festival Earranta gu 31 Am Màrt 2009.
- Ag ullachadh cunntasan a-rèir riaghailtean OSCR.
- Ag ullachadh cunntasan giorraichte airson Companies House.
- Sgrùdadh air cunntasan Fèisean nan Gàidheal agus Blas Festival Earranta gu 31 Am Màrt 2009.
- Ag ullachadh foirm chìs corparra airson Blas Festival Earranta.
- Ag ullachadh cunntasan ràitheil gu deireadh na mìos anns an Ògmhios, An t-Sultain, An Dùbhlachd, air an ullachadh ro dheireadh na h-ath mhìos.
- Dearbhadh nan cosgaisean aig Fèisean nan Gàidheal airson Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean mar a bhios iomchaidh.
- Comhairle mar a tha dhith air cunntasan, tuarastail agus cìse luach-leasaichte.

Chaidh fiosrachadh a-mach gu na buidhnean a leanas ag iarraidh orra tilleadh air ais thugainn roimh Diluain 15 An Gearran:

MacKenzie Kerr, Inbhir-nis
Anne Watson, Johnston Carmichael, Inbhir-nis
Frame, Kennedy & Forrest, Inbhir-nis
The A9 Partnership (Highland) Ltd, Inbhir-nis
Saffery Champness Chartered Accountants, Inbhir-nis
Inverness City Accountants, Inbhir-nis
Graeme M Fraser & Co, Inbhir-nis
Ernst & Young, Inbhir-nis
Horn MacLeod, Inbhir-nis
Campbell, Stewart, MacLennan & Co, Port Rìgh
Mann Judd Gordon, Steòrnabhagh

Gnìomh a dhìth

Bheir Manaidsear Gnìomha na prìsean air adhart gu coinneamh a' Bhùird agus faodaidh buill companaidh fhreagarrach a' thaghadh a-rèir an fhiosrachaidh a tha fo an comhair aig an àm sin.

Anne Willoughby
Manaidsear Gnìomha
Gearran 2009

Fèisean nan Gàidheal

Ag ùrachadh Poileasaidh Gàidhlig na buidhne

Àireamh air a' Chlàr Gnothaich: 1.2009.04(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mun ùrachadh a thathas a' moladh dhan Phoileasaidh Gàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal.

Bun Fhiosrachadh

Tha Poileasaidh Gàidhlig air a bhith aig Fèisean nan Gàidheal fad ceithir bliadhnaichean, agus gu dearbh bha sinn air thoiseach air mòran aig an àm a chuir sinn poileasaidh foirmeil an gnìomh. Leis gu bheil sinn air a bhith ag obair leis thar nam bliadhnaichean, tha an luchd-obrach mothachail air earrannan far an gabhadh a neartachadh airson a dhèanamh na bu thaiceile dha na Fèisean fhèin.

Toiseach tòiseachaidh air molaidhean

Tha sinn a' beachdachadh air "passport na Gàidhlig" leis am bu chòir don a h-uile neach a bhios a' teagasg aig na Fèisean fianais air choireigin a thoirt seachad gun d' rinn e/i oidhirp gus beagan Gàidhlig ionnsachadh mus tèid e/i chun na Fèise (mura bheil e/i fileanta mar-thà). Bhiodh seo ag obair anns an aon seòrsa dòigh ri Disclosure; mura faigheadh sinn fianais ro-làimh chan fhaodadh e/i teagasg aig an Fhèis. Chuireamaid làithean trèanaidh air dòigh ann an diofar cheàrnaidhean den dùthaich (Glaschu, Dùn Èideann, Steòrnabhagh, Obar Dheathain, Inbhir Nis, An Gearasdan, Port Rìgh msaa) do luchd-teagaisg aig nach eil Gàidhlig sam bith.

Bhiodh barrachd taice ann do chomataidhean a thaobh a bhith a' leasachadh nan sgilean cànain acasan cuideachd.

A thuilleadh air seo, bu chòir dhuinn cuideachd a bhith ag amas air àireamh an luchd-teagaisg a tha fileanta aig Fèis sam bith àrdachadh bliadhna air bhliadhna. Mar eisimpleir, ann an 2010 bu chòir gum biodh co-dhiù 20% den luchd-teagaisg fileanta, 30% ann an 2011, 50% ann an 2015 no rudeigin mar sin (agus co-dhiù beagan aig càch).

A thaobh a bhith "ag àrdachadh luchd-labhairt na Gàidhlig agus a' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig" bhiodh an dà iomairt seo gu math èifeachdach.

Bheir sinn air na Fèisean rudeigin a chur sna cùmhnantan luchd-teagaisg aca gum feum luchd-teagaisg le Gàidhlig a bruidhinn am measg a chèile, agus a bruidhinn ri cloinn le Gàidhlig. Chan eil seo a' tachairt aig a h-uile Fèis, fiù 's aig na Fèisean a tha gan ruith tro mheadhan na Gàidhlig. Dh'fhaodadh sinn cuideachd coimhead air cùmhnant (spòrsail!) den aon seòrsa a chur air dòigh do chloinn aig na Fèisean Gàidhlig.

Gnìomhan a dhìth

'S e fìor thoiseach tòiseachaidh a tha seo ach tha luchd-obrach a' dol a thilleadh le molaidhean cruaidh agus taisbeanadh aig an ath choinneimh far am bitheamaid ag iarraidh air buill gabhail ris na molaidhean. An-dràsta bha sinn ag iarraidh aire nam ball a thoirt dhan obair seo.

Art MacCarmaig
Ceannard
Gearran 2009

Fèisean nan Gàidheal

Pròg ram de Thaisbeanaidhean bhon Luchd-obrach
Àireamh air a' Chlàr Gnothaich: 1.2009.05(a)

Adhbhar a' Phàipeir
Airson molaidhean a thaobh taisbeanaidhean bhon luchd-obrach a chur air adhart dhan Bhòrd.

Bun Fhiosrachadh
Chaidh aontachadh aig a' choinneimh mu dheireadh gum bu chòir don luchd-obrach a bhith an-sàs ann an coinneamhan a' Bhùird le bhith gam frithealadh aig àm sam bith le an toil fhèin, agus tro phròg ram de thaisbeanaidhean air raointean eadar-dhealaichte den chuid obrach aig amannan iomchaidh.

Clàr-ama
Seo molaidhean mar thoiseach tòiseachaidh airson deasbad, le geàrr iomradh air dè dh'fhaodadh a bhith anns na taisbeanaidhean:

Coinneamh	Neach-obrach	Dreuchd	Taisbeanadh
Gearran 2009	Jenna Chuimeanach	Oifigear Leasachaidh	Obair nam Fèisean sna h-Eileanan Siar agus mar a chaidh a leasachadh ri linn oifigear làn ùine a bhith stèidhichte san sgìre
Cèitean 2009	Iona NicDhòmhnaill	Oifigear Trèanaidh	Coimhead air ais air Fèis Trèanaidh agus Trèanadh luchd-teagaisg agus planaichean son an àm ri teachd
Cèitean 2009	Dùghlas Beck Calum Ailig MacMhaoilain	Oifigearan Gàidhlig	Ùrachadh air Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal agus molaidhean airson a leasachadh
Sultain 2009	Caoimhin Rodgers	Oifigear Leasachaidh	Obair nam Fèisean ann an Loch Abar agus ag obair ann an co-bhonn ri buidhnean eile
Sultain 2009	Emily Edwards	Oifigear Tasglann	Adhartas gu ruige seo agus eisimpleirean de stuth a chaidh a chruinneachadh
Dùbhlachd 2009	Art MacCarmaig	Ceannard	Fiosrachadh bi bhuill ùra agus ùr fhiosrachadh do na buill a th' ann an-dràsta
Dùbhlachd 2009	Dùghlas Beck	Oifigear Gàidhlig (Drama)	Leirmheas air na Fèisean dràma, Meanbh-Chuileag agus an Sgoil Shamhraidh Dràma
Dùbhlachd 2009	Cairistiona Nic an t-Saoir	Oifigear Leasachaidh	Leirmheas air na Fèisean nan an Earra-Ghàidheal agus a' Chuairt Chèilidh eadar-nàiseanta
Gearran 2010	Daibhidh Boag	Manaidsear Leasachaidh	Blas 2010

Gnìomhan a dhìth
Thathar ag iarraidh air buill gabhail ris a' phròg ram.

Art MacCarmaig
Ceannard
Gearran 2009

Fèisean nan Gàidheal

Aithisgean Luchd-obrach

Àireamh air a' Chlàr Gnothaich: 1.2009.06(a)

Neach-obrach	**Daibhidh Boag**
Dreuchd	**Manaidsear Leasachaidh**
Ràithe na h-aithisg	**An Dùbhlachd 2008 – An Gearran 2009**

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** **Adhartas**
1.1	**Thoir taic do 3 pròiseactan ùra aig a' char as lugha gach bliadhna tro Sgeama Leasachaidh nam Fèisean**
	Tha an sgeama seo a-nis dùinte gu iarrtasan ùra agus tha mi air a bhith trang a' cur crìoch air an obair rianachd co-cheangailte leis. Gu ruige seo ann an 08-09, tha sinn air taic a thoirt do 32 pròiseactan, le £60K airson pròiseactan luach £185K.
1.10	**Cruthaich da Fhèis ùr gach bliadhna**
	Tha mi air a bhith trang a' toirt taic do 2 Fhèis ùr; Fèis an t-Stratha (Blàr Ghobharaidh) agus Fèis Ghallaibh. Tha na h-iarrtasan ballrachd aca air beulaibh a' Bhùird aig a' choinneamh an-diugh. Tha mi air a bhith bruidhinn ri duine neo dithis mu Fhèis sa Mheadhan a stèidheachadh as-ùr ann an siorrachd Shruighlea.
1.11	**A' toirt taic leasachaidh do Fhèisean.**
	Tha mi fhathast a' toirt taic do dh'Fhèis Rois gach seachdain gus am bi an ceannard ùr san dreuchd. Tha mi air a bhith ag obair leis an sgioba leasachadh air fad air tòrr diofar phròiseactan, gu h-àraid pròiseactan tron Sgeama Leasachaidh againn, ach cuideachd le buidhnean maoineachaidh eile leithid Comhairle Ealain na h-Alba, Comhairle na Gàidhealtachd, Bòrd na Gàidhlig, Comunn na Gàidhlig is Leader.
2.4	**Leasaich Fèisean a tha gu tur tro mheadhan na Gàidhlig, agus teagasg tro mheadhan na Gàidhlig aig Fèisean a tha ann mar-thà agus feadhainn ùra**
	Tha mi ag obair gu dlùth leis an sgioba Gàidhlig againn airson dèanamh cinnteach gu bheil prògraman neartachaidh airson na Ghàidhlig aig na Fèisean air fad. Tha seo gu math cudromach aig na Fèisean ùra, agus tha mi den bheachd gu bheil Fèis an t-Stratha agus Fèis Ghallaibh gu math taiceil dhan Ghàidhlig.
4.2	**Fèis Blas 2009**
	Tha mi air a bhith gu math trang bhon choinneamh mu dheireadh a' cur prògram Blas 2009 air-loidhne (25.01.09). 'S e seo a' chiad phàirt den phrògram, agus tha sinn ag amas air barrachd dhaoine bho thall thairis a tharraing dhan Fhèis am-bliadhna mar phàirt den iomairt Homecoming Scotland. Tha mi nam Chathraiche air Buidheann Gnìomh Bhlas, agus tha coinneamh ann gach mìos. Thairis air na mìosan a tha romhainn bidh sinn ag obair air prògram sgoile, tachartasan bìdh, obair mhargaidheachd agus tòrr diofar rudan. Tha mise den bheachd gum bu chòir Gàidhlig agus òigridh a bhith aig cridhe na Fèise.
4.6	**Gnìomhan Eadar-Fèisean**
	Bidh Fèis an Earraich is Fèis Lochabair ag obair ri chèile air turas dhan Ghearmailt anns an Ògmhios agus bidh sgioba leasachaidh FnG a' cur Fèis Ghàidhlig ùr do dheugairean air dòigh – Freumhan – aig Àm na Càisge. Tha Fèisean anns na h-Eileanan Siar gu bhith ag obair air pròiseact neo dhà am-bliadhna – Cèilidh air Chuairt agus consairt mar phàirt de dh'Fhèis Innse Ghall.
5.3	**Solarachadh do dheugairean taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean.**
	Tha sinn a' dol air adhart ann an 2009 le prògram sònraichte do dheugairean. Tha sinn cinnteach gum bi an Sgoil Shamhraidh Dhràma ann am Port Rìgh a-rithist aig toiseach an Iuchair, agus bidh Cèilidh air Chuairt ùr ann an Earra-Ghàidheal am-bliadhna. Tha sinn an dòchas gum bi na Cèilidhean air Chuairt eile agus Fèis Alba a' dol air adhart ach chan eil an t-airgead air a dhearbhadh air an son fhathast. Bidh Fèis Cheann Loch Goibhle a' ruith Fèis nan Deugairean aig Àm na Càisge, agus bidh Fèis Rois a' tachairt anns an Dàmhair. A bharrachd air sin, bidh Fèis ùr do dheugairean aig a bheil Gàidhlig a' dol air adhart ann an Earra-Ghàidheal aig Àm na Càisge agus bidh Fèis Eilean an Fhraoich agus Fèis Tìr an Eòrna a' ruith bhùthan-obrach do dheugairean thairis air na mìosan a tha romhainn.
6.1	**Ag obair ann an co-bhonn le buidhnean eile.**
	Tha Fèisean nan Gàidheal ag obair ann an co-bhonn le diofar bhuidhnean gus na pròiseactan againn a chur an gnìomh. Tha sinn a' conaltradh le Bòrd na Gàidhlig, CLI, CnaG, an Stòrlann agus tòrr chomhairlean air diofar phròiseactan. Tha sinn ag obair gu dlùth le Eden Court gus na pròiseactan dràma againn a lìbhrigeadh gu soirbheachail.
6.3	**Ceangalan Eadar-Nàiseanta**
	Chì thu aig 4.6 gu bheil Fèis an Earraich agus Fèis Lochabair gu bhith ag obair còmhla airson turas dhan Ghearmailt a chur air dòigh san Ògmhios.

6.7	**Cothroman taisbeanaidh**
	Bha turas soirbheachail againn gu Liverpool aig toiseach na Dùbhlachd mar phàirt de phròg ram Prìomh Bhaile Cultarach na Roinn Eòrpa.

Neach-obrach	**Anna Willoughby**
Dreuchd	**Manaidsear Gniomha**
Ràithe na h-aithisg	**An Dùbhlachd 2008 – An Gearran 2009**

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1.1	**Lìbhrig taic Cobhair-tabhartais do 35 Fèis aig a' char as lugha gach bliadhna (Targaid IGE)**
	Tabhartasan air an tabhann do 42 Fèisean (34 ann an sgìre IGE), pàigheadh a-mach £321,359.50 an rèir aontachaidhean. A chuir a-mach cuid mhath den airgid a tha air a thabhann, £149,448.25 do sgeama tabhartasan nam Fèisean do 35 Fèisean.
1.2	**Leantainn air adhart le sgeama Uairean Bliadhnail**
	3945 Uaireannan stèidhichte air an tabhann airson 2008-09 mar phàirt de thairgse tabhartais. Feumaidh luchd rianachd nam Fèisean à' dol gu an Fhèis Trèanaidh air deireadh sheachdain 14/15 Am Màrt 2009 mar cùmhnant de'n sgeama thabhartasan nam Fèisean 2008-09. Tha stòr-data air a cur ri chèile le ainmeannan luchd rianachd nam Fèisean.
1.3	**Cùm Co-labhairt Bhliadhnail (Targaid CEA)**
	Tha an Co-labhairt Bhliadhnail 2009 gu bhith ann air 25/26 An t-Sultain. Tha buill a' Bhùird a deasbad aig an ath coinneimh far am bith e air à' cumail.
1.4	**Còmhdach àrachais gu leòr suidhichte airson Fèisean nan Gàidheal, a luchd-obrach agus gnìomhan Fèise uile**
	Poileasaidh air ath-bhreithneachadh agus air ùrachadh gach bliadhna. Chaidh còmhdach a leudachadh agus suimean le àrachas àrdachadh mar a bha iomchaidh bho cionn goirid. Tha FnG ag iarraidh air an luchd-obrach a bhith cleachdadh àrachas ghnìomhachais ma tha iad a cleachdadh an carbad aca fhèin airson siubhal.
1.6	**Dèanamh cinnteach gu bheil teisteanas Disclosure Scotland aig luchd-teagaisg agus saor thagraichean nam Fèisean**
	Tha seo à' dol air adhart mar iarrtas agus ga ùrachadh airson luchd teagasg agus saor thagraichean air an stòr-data a h-uile tri bliadhna.
1.6	**Poileasaidh Cùram Chloinne (Targaid SAC)**
	Tha Fèisean a cuir a-staigh liosta luchd teagaisg agus feumaidh teisteanas a bhith gnìomh mas tèid airgead a' pàigheadh a-mach. Chan fhaigh Fèisean tabhartas mar a bheil seo air a dèanamh.

Neach-obrach	**Iona NicDhòmhnaill**
Dreuchd	**Oifigear Treànaidh agus Poileasaidh**
Ràithe na h-aithisg	**An Dùbhlachd 2008 – An Gearran 2009**

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** **Adhartas**
1.2	**A' lùghdachadh an eallaich air saor-thoilich**
	Tha poileasaidhean air an dèanamh cho furasta 's a ghabhas airson 's gun urrainn do shaor-thoilich an lìbhrigeadh. A' chuid as motha de phoileasaidhean rim faotainn airson an luchdachadh a-nuas air làrach-lìn Leantainneach. Notaichean stiùiridh air an deasachadh, ann an cò-bhonn ri foirmichean airson measadh chunnairt.
•	Trèanadh air a thabhann nuair a tha feum air gnìomh bho shaor-thoilich FT09 air a chur air dòigh mu thràth (14/15 Am Màrt 2009, Ben Wyvis Hotel, Strathpeffer). Chaidh am pròg ram a-mach tràth san Dùbhlachd. Àireamhan a' tighinn a-staigh gu math. Deagh mheasgachadh de chuspairean.
•	Taic phragtaigeach le buileachadh poileasaidh Gàidhlig Leantainneach – seiseanan air òrain agus geamaichean do chlann sa Ghàidhlig gu bhith air a thoirt seachad aig FT09, agus clasaichean Gàidhlig fhèin. Luchd-obrach air a dhol tron trèanadh Ùlpan (mar luchd teagaisg).
•	Sgeama Luchd-rianachd (Annualised Hours Workers) Ag iarraidh air a h-uile neach-rianachd anns na fèisean tighinn dhan Fhèis Trèanaidh. Gach taic agus pàigheadh

	ga thoirt dhaibh.
1.3	**Co-labhairt Bhliadhnail**
	Cùm Co-labhairt Bhliadhnail(Targaid CEA)
	Ri rèiteachadh aig a' bhòrd fhathast.
2.3	**Leasaich dòighean gus ar Poileasaidh Ghàidhlig a' libhrigeadh an taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal** (Trèanadh) Cùrsaichean Gàidhlig (18 mìosan, seachdain, dà latha, agus cùrsaichean freagarrach eile) air a thoirt seachad le Sabhal Mòr Ostaig, Fèisean nan Gàidheal agus buidhnean uidheamaichte eile air an cur gu feum.
3.4	**Foghlam fhoirmeil eile** Acadamaidh nam Fèisean agus TMTTN sàmhach an-dràsta ach a' leantainn air adhart.
4.5	**GASD** Samhach an-dràsta. Air a thighinn gu deireadh a' phròram.
4.7	**Lìonradh Trèanaidh airson Luchd-teagaisg Ceòl Traidiseanta – TMTTN *(Traditional Music Tutor Training Network)***
	Leasaich solarachadh trèanaidh agus leasachadh proifeiseanta, fosgailte do gach neach an lùib a bhith a' brosnachadh, a' cur air dòigh agus a' gabhail com-pàirt ann am Fèisean, agus càch a tha an lùib leasachadh agus lìbhrigeadh ceòl traidiseanta (Targaid CEA)
	Oifigear Leasachadh Trèanaidh ri coinneamh den TMTTN a ghairm ro dheireadh an Lùnastail 07 gus adhartas ath-thòiseachadh Chumas coinneamh air 5/10/07, far an robh daoine airson an TMTTN a cumail a' dol, gu sònraichte a bhith 'g obair air teisteanasan fhoirmeil do luchd-teagaisg agus a' cumail choinneamhan fiosrachaidh –bha agam ri cho-labhairt ann an Inbhir Nis a chur dheth, gus am faighinn fios bhon SAC air mar a bha an TMTTN a' seasamh a-thaobh na buidhnean eile (mar TMF). 5 dhaoine ùire air aontachadh gun tig iad air bòrd. Chumas coinneamh le Ian Smith, Art, David Francis agus daoine eile, agus bha an SAC gu math taiceil, ach ag iarraidh orm aithisg a chur thuca leis na feumalachdan againn agus mar a bha sinn a' faireachdainn a-thaobh na buidhnean eile . Chaidh aithisg gu Ian Smith, agus 2 email bhon uair sin, ach fhathast a' feitheamh ri freagairt.
5.2	**Pròram Trèanaidh Bliadhnail**
	Lìbhrig trèanadh do 20 Fèis gach bliadhna (Targaid IGE)
	Thathar an dùil gun tèid an targaid seo a choileanadh leis an Fhèis Thrèanaidh a thèid a chumail sa Mhàirt 2009 Leantainneach.
	Lìbhrig trèanadh do 50 neach-teagaisg agus neach-eagrachaidh gach bliadhna (Targaid IGE) Leantainneach. FTO9 air a sanasachadh, agus thathar an dùil gun ruigear na h-àireamhan.
	Lean air adhart le Pròram Trèanaidh san-taigh (Targaid IGE) A' cumail 4 laithean gach bliadhna airson Gàidhlig. Inntrigeadh in-taigh (induction) a' dol air adhart le manaidsearan a rèir feum. 3 Luchd-obrach ag obair a dh'ionnsaidh teisteanasan foirmeil le taic bho Fèisean nan Gàidheal. Dealbhachadh Graifigeach – 8 air a choilionadh. Drama Toolbox – 3 air a choilionadh. Ulpan – 2 air a choilionadh. Coinneamhan luchd-obrach gu bhith air an cumail gu cunbhalach cuideachd.

Luchd-obrach	**Moreen Pringle**
Dleastanas	**Oifigear Ghnothaichean**
Ùine	**An Dùbhlachd 2008 – An Gearran 2009**

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** **Adhartas**
1.3	**Cùm Co-labhairt Bhliadhnail (Targaid CEA)**
	Bidh an Co-labhairt Bhliadhnail 2009 air 25/26 An t-Sultain.
1.5	**Iasad cunbhalach de dh' ionnstramaidean do dh'Fhèisean**.
	Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh fad an t-shiubhal aig na Fèisean. Tha iarrtas a' toirt bàrr air solarachadh ann an Ionnstramaidean Fèise a tha a-muigh an' mhòr-chuid den bhliadhna. Tha an mòr cuid dh' ionnstramaidean a bha anns an oifis air à' dol a-mach gu Fèis Ratharsaidh, Fèis Obar Dheathain, Fèis Oigridh Ile agus Dhiura, agus Fèis Inbhir Narainn.
1.6	**A' fastadh gu daoine fa leth gus teachd-a-steach a mheudachadh**
	Tha an àireamh de Fhèisean a-nis a' cur feum air ionnstramaidean air cothroman gus fastadh ri daoine fa leth a lùghdachadh. Bho cionn goirid tha sin air cùmhnantan ùr a cur a-mach airson dà clàrsaich agus aon phìob-bheag.
1.7	**Dàta, a thathar ag ùrachadh gu tric, ri fhaotainn an còmhnaidh**.

	Rinn mi mòran obair ag ùrachadh an stòr-dàta agus tha seo leantainneach.
1.8	**Leasachadh, Sgaoileadh agus reic foillseachaidhean**
	Tha Fèisean air a bhith reic leabhraichean fad na bliadhna.
1.9	**Dèanamh agus Sgaoileadh Naidheachdan Cunbhalach agus Fiosrachadh Eile**
	Chaidh Faileas a mach deireadh An Dùbhlachd agus tha sin a deisealachadh fear eile airson Am Màrt.
6.4	**Àrdaich agus tog ìomhaigh Iomairt nam Fèisean agus a soirbheachais le 10 pìosan de chòmhdach ionadail/roinneil agus 3 Pìosan de Chòmhdach nàiseanta gach Bliadhna (Targaid IGE)**
	Tha pìosan de chòmhdach ionadail a' dol a mach. Tha mi ag obair còmhla ri oifigearan leasachaidh nam Fèisean agus tha sin à' dèanamh adhartas.
	Dèan sgrùdadh air com-pàirteachasan nas motha leis an earrainn choimeirsealta (Targaid CEA)
	Tha mi gu bhith ag obair còmhla ri oifigearan leasachaidh nam Fèisean.
6.6	**Làrach-lìn agus Teicneolas Fiosrachaidh agus Conaltraidh (TFC)**
	Tha Làrach-lìn www.feisean.org ga ùrachadh gu cunbhalach.

Neach-obrach	**Dougie Beck**
Dreuchd	**Oifigear Dràma**
Ràithe na h-aithisg	**An Dùbhlachd 2008 – An Gearran 2009**

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** **Adhartas**
1.9	**Thoir taic do leasachadh nam Fèisean fa-leth, a' brosnachadh sàr dhòighean-obrach agus ag àrdachadh na h-àireimh de thachartasan a nì iad.**
	Deasachadh agus sgaoileadh naidheachd agus fiosrachadh eile
	Mar as trice bidh mi a' sgrìobhadh co-dhiù aon airtigeal airson gach iris de dh'Fhaileas, a' toirt iomradh air na tachartasan dràma anns an robh mi an sàs.
2.1	**Leasaich mar a chleachdar a' Ghàidhlig taobh a-staigh iomairt nam Fèisean, a' leasachadh an fhacail labhairte mar dhòigh conaltraidh agus meadhan teagaisg, a rèir feumalachdan sgìre na Fèise.**
	Leasaich agus àrdaich cothroman an cànan agus an cultar a chleachdadh tro phoileasaidh Gàidhlig agus leasachadh Sgoil Shamhraidh Dhràma (targaid SAC).
	Bidh mi a' bruidhinn gu tric ris an oifigear Ghàidhlig air gnothaichean a tha a' buntainn ris a' phoileasaidh Ghàidhlig, an dà chuid a' tabhann agus a' tairgse comhairle. A thaobh a bhith a' cur a' phoileasaidh ann an gnìomh, bidh mi a' tabhann taic a thaobh eadar-theangachadh agus obair-deasachaidh don oifigear Ghàidhlig, don luchd-obrach air fad, agus do na Fèisean, mar a tha iomchaidh. Bidh An Sgoil Shamhraidh Dhràma (SSD2009) a' gabhail àite ann am Port Rìgh eadar 6 agus 17 Iuchar 2009. Tha sinn air òstail na h-Àrd-sgoile fhaighinn a-rithist, agus tha sinn a' feitheamh air dearbhadh am faigh sinn a' Bhun-sgoil a-rithist. Tha sinn air grunn luchd-teagaisg a chur air dòigh, agus tha sinn a' feitheamh air dearbhadh bho fheadhainn eile. Cha ghabh sinn am-bliadhna ach 20 com-pàirtiche, agus bidh foirmean-iarrtais a' dol a-mach gu sgoiltean etc a dh'aithghearr.
2.5	**Leasachadh Dràma na Gàidhlig**
	Cuir sreath de dh'Fhèisean Dràma air dòigh (targaid SAC)
	Tha pròiseactan air faighinn gu dol sna sgìrean a leanas: • An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse • Ros, Cataibh agus Dùthaich MhicAoidh (le pròiseact a bharrachd ann an Inbhir Nis, Bàideanach agus Inbhir Narann) • Loch Abar agus Earra Ghàidheal • Leòdhas Agus bidh pròiseact a' tòiseachadh ann an Uibhist seachdain 16 Gearran. Uile gu lèir bidh mu 33 sgoiltean a' gabhail pàirt anns na pròiseactan againn. Tha sinn air neach-taice ùr fhastadh airson tòrr de dh'uallach nam proiseactan seo a ghabhail os-làimh; Aonghas MacLeòid à Borbh san Eilean Sgitheanach a b' àbhaist a bhith ag obair aig Comann na Gàidhlig. A bharrachd air a chuid eòlais a thaobh dràma, tha sgilean ann an sgrìobhadh, fiolmadh agus rèidio aige a chuirear gu deagh fheum air pròiseactan eile.

	Tha sinn cuideachd air tòrr taice fhaighinn bho Eden Court a thaobh nam pròiseactan dràma, agus a thaobh rudan eile co-cheangailte ri dràma. Tha Ruairidh MacNeacail a' dèiligeadh leis na pròiseactan ann an Ros, Cataibh, Inbhir Nis, Bàideanach agus Inbhir Narann, agus tha Debbie NicAoidh agus Aonghas a' dèiligeadh leis a' chòrr. Fhuair Aonghas trèanadh bho Eden court goirid às dèidh dha tòiseachadh san dreuchd. Bidh na pròiseactan uile a' tighinn gu crìch le oidhcheannan taisbeanaidh sa Chèitean. Fhuair sinn £10,000 bho CnES (thàiris air dà bhliadhna) mu choinneamh nam pròiseactan sna h-Eileanan an Iar.
	Lìbhrig co-dhìu dà Sgoil Shamhraidh Dhràma (Targaid HIE)
	Faic shuas
	Lìbhrig Sgoil Shamhraidh Dhràma (Targaid BnG)
	Faic shuas
	Meas buannachdan na Sgoile Samhraidh (Targaid BnG)
	Chaidh foirm-measaidh a thoirt seachad don a h-uile com-pàirtiche (18) agus chaidh 15 a thilleadh. A bharrachd air sin, chaidh seisean measaidh a chumail, a chaidh a fhrithealadh leis a' mhòr-chuid de chom-pàirtichean, air latha mu dheireadh na Sgoile, agus chaidh seisean measaidh fa-leth a chumail airson an luchd-teagaisg. Bidh na beachdan a fhuair sinn bho na com-pàirtichean agus bhon luchd-teagaisg cuideachail dhuinn nuair a bhios sinn a' planadh airson na h-ath Sgoil Shamhraidh. A' leantainn air cuid de na beachdan a fhuair sinn an-uiridh, bidh cha mhòr a h-uile duine den luchd-teagaisg fileanta sa Ghàidhlig, agus tha sinn ag obair air dòighean gus clasaichean a chur air dòigh don fheadhainn air an taobh theignigeach aig nach eil Gàidhlig.
3.3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh saoghal an fhoghlaim fhoirmeil**
	Meanbh-chuileag ri tadhal air 5 sgìrean LEC gach bliadhna (Targaid HIE)
	Tha Meanbh-chuileag dìreach air a dhol air an rathad leis an dealbh-chluich ùr Ghàidhlig *Eilidh ag Eilthireachd*, a leasaich sinn bho bheachd-smuain a bha aig Gilleasbuig Fearghasdan. Chaidh na rehearsals a chumail ann an Glaschu fo stiùir Artair Donald. 'S ann mu dheidhinn eilthireachd agus in-imreachd a tha an dealbh-chluich agus bidh e a' dol timcheall cha mhòr a h-uile bun-sgoil Ghàidhlig (eadar 50 agus 60) eadar seo agus meadhan a' Mhàirt. Chaidh Panto Gàidhlig timcheall còig àiteannan air Ghàidhealtachd aig toiseach na Dùbhlachd le *Raghnailt-Anna agus mar a Shàbhaileadh an Geamhradh*. Rinn mise, Calum Ailig agus Debbie NicAoidh an dealbh-chluiche 11 turas rè na seachdain, agus thàinig a h-uile bun-sgoil Ghàidhlig san sgìre (agus Sgoil Shrath na h-Apann) ach 2 gar faicinn. Tha sinn air sia seachdainean uile gu lèir (bho Ghiblean 2008) a dhèanamh air a' Ghàidhealtachd ann am bun-sgoiltean Beurla le dealbhan-cluiche a tha ag amas air beagan taice a thoirt do sgoilearan a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig, no air blasad dhi a thoirt dhaibh. Rinn sinn seachdain ann an sgìre Gheàrrloch sa Ghiblean, seachdain air Taobh Sear Rois san t-Sultain, agus ceithir seachdainean ron Nollaig (le beagan làithean às a dèidh) 's sinn ag obair air pròiseactan mar seo.
5.3	**Leasaich trèanadh do dhaoine a tha an sàs ann an Iomairt nam Fèisean agus airson sàr-mhathas anns an Iomairt a bhrosnachadh.**
	Iomairtean do dheugairean
	Thathar den bheachd gum bi buaidh a ghabhas tomhais, thairis air grunn bhliadhnaichean, air comasan dràma, comasan cànain, sgilean eadar-dhaoine dhaoine òga, agus cuideachd air a' bheachd a th' aca air a' Ghàidhlig agus air na h-ealain Ghàidhlig. Tha na fhuaradh de mheasadh bho chom-pàirtichean na Sgoile Samhraidh a' nochdadh gu bheil iomairtean a leithid seo a' còrdadh ri daoine òga agus gum bi iad gam brosnachadh gu bhith a' meas na Gàidhlig mar nì chudromach. Tha e mar amas aig sgioba Ghàidhlig FnG barrachd a dhèanamh gus deugairean a thàladh don chànan, agus tha cuid de na h-iomairtean dràma air leth freagarrach airson seo a dhèanamh.
	Brosnaich ceanglaichean eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh nam Fèisean tro thaisbeanaidhean mòra agus conaltradh le na meadhanan.
6.1	**A' cruthachadh cheanglaichean**
	Tha sinn an-dràsta ag obair gu dlùth le À Eden, agus bidh an dàimh seo a' leantainn thar nam mìosan a tha a' tighinn. Tha Debbie NicAoidh air a bhith an sàs anns a' mhòr-chuid de na dealbhan-cluiche againn am-bliadhna, agus tha i a-nise an sàs ann a bhith a' coileanadh nam pròiseactan dràma sna sgoiltean. Bidh sinn a' dèanamh obair leis an Stòrlann Nàiseanta air cuairt timcheall àrd-sgoiltean airson leabhraichean a shanasachd, le LTS air obair ann am bun-sgoiltean, agus le Comhairle Pheairt agus Chinn Rois air tachartasan Gàidhlig ann am bun-

	sgoiltean.
6.6	**Làrach-lìn agus ICT**
	Bidh mi a' cùr ri làrach-lìn FnG mar a tha iomchaidh.
6.7	**Cothroman taisbeanaidh**
	'S e cothrom air leth a th' ann an dràma airson tàlantan dhaoine òga a thaisbeanadh, agus 's e deagh eisimplear de seo a bhios ann an oidhche thaisbeanaidh na Sgoile Samhraidh. Bidh oidhche thaisbeanaidh a' toirt gach pròiseact dràma gu crìch cuideachd. Bidh Meanbh-chuileag air co-dhiù 120 taisbeanadh a dhèanamh ann am bun-sgoiltean air feadh Alba ro dheireadh a' Mhàirt.

Neach-obrach	**Calum Ailig MacMhaolain**
Dreuchd	**Oifigear Gàidhlig**
Ràithe na h-aithisg	**An Dùbhlachd 2008 – An Gearran 2009**

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** **Adhartas**
1	**Provide support for the development of individual Fèisean, promoting excellent working practices, and developing their range of activities**
1.2	**Reducing the burden on volunteers**
	Poileasaidhean air a dhèanamh na fhasa airson luchd saor-thoileach a libhrigeadh Tha am Poileasaidh Ghàidhlig air a bhith an àite a-nis airson còrr is trì bliadhna agus tha sinn an còmhnaidh ag obair leis son dèanamh cinnteach gu bheil gach Fèis a' gabhail ris. Tha ri fhaighinn air an làrach-lìn agus ma tha duine sam bith ag iarraidh copaidh cruaidh gheibh iad sin ma dh'iarras iad. Tha sinn ag obair dlùth le Fèisean an-dràsta son Poileasaidh Ghàidhlig a' sgrìobhadh dhaibh a tha ag amas air ìre Ghàidhlig a thoirt a-staigh dhan Fhèis a tha freagarrach son na com-pàirtichean aca agus an ìre de thachartasan a tha iad a ruith.
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**
2.1	**Deasaich Poileasaidh Gàidhlig airson Fèisean nan Gàidheal, ris an gabh buill na buidhne**
	Leasaich agus meudaich ruigsinneachd do chànan agus cultar na Gàidhlig tro bhuileachadh Poileasaidh Cànain Gàidhlig agus leasachadh gnìomhan dràma Gàidhlig, a' gabhail a-steach Sgoil Shàmhraidh airson Dràma Gàidhlig (Targaid CEA) Tha am poileasaidh Gàidhlig air a bhith ann an àite a-nis trì bliadhna agus tha sinn ag obair gu dlùth a' dèanamh cinnteach gu bheil gach Fèis a' gabhail ris a' phoileasaidh. Tha sinn a' toirt cuideachadh gu cuid dhan na Fèisean le bhith eadar-theangachadh an fhiosrachadh a bhios iad a' sgaoileadh. Tha mi ag obair gu dlùth le na h-oifigearan leasachaidh son dèanamh cinnteach gu bheil Fèisean a' faighinn an taic a tha iad a' feumachadh son a' Phoileasaidh a chuir an gnìomh. An-dràsta tha Dougie, Emily is mi-fhìn a' dèanamh ath-sgrìobhadh air am Poileasaidh Gàidhlig agus a' coimhead air dòighean son a leudachadh. Bidh sinn ag obair gu dlùth air seo anns na mìosan a tha ri teachd agus bidh sinn a' sireadh beachdan bho na luchd-obrach air fad fhads' sa tha sinn a dèanamh seo. Tha na Fèisean a-nis, le taic bho na h-oifigearan leasachaidh agus mi-fhìn, a' leasachadh poileasaidhean Ghàidhlig dhaibh pèin. Tha iad seo ag innse na cur-seachadan a tha iad a' ruith agus an ìre de Ghàidhlig tha iad a' cleachdadh. Thathar an dòchas gum bi na planaichean seo na bhrosnachadh do na Fèisean son Gàidhlig a leudachadh aig na tachartasan aca. Tha mi air a bhith a deasachadh poileasaidhean ùra agus a' leudachadh cuid dhan na seann poileasaidhean a tha aig na Fèisean. Bidh mi ag obair gu dlùth le na h-oifigearan leasachaidh air na mìosan a tha romhainn airson taic a chumail ri na Fèisean. O chionn greis, thoisich Emily, Jenna is mi fhìn air pròiseact thasglann airson na h-Eileanan Siar. 'S e amas am pròiseact pasgain Ghàidhlig a chruinneachadh son na Fèisean anns an sgìre seo. Tha sinn a' coimhead air ro-innleachd an-dràsta son a' phròiseact agus 's e an amas againn a' tòiseachadh air stuth a chruinneachadh ann an 2-3 mìosan. Thèid bùth obrach a chumail aig a' Mhargaid Trèanaidh ann an 2009, air an ruith le Dougie is mi-fhìn agus bidh sinn a' coimhead air Gàidhlig agus deugairean.
2.2	**Leasaich Sgioba Leasachaidh airson na Gàidhlig**

	Sgiobannan a bhruidhneas a' Ghàidhlig ri bhith rim faotainn do dh'Fhèisean ionadail. An uiridh bha an Sgioba-g air a bhith cho trang sa bha iad a-riamh. AM bliadhna bidh sinn a' tòiseachadh aig Fèis Dhùn Èideann agus sinn cuideachd an dùil ri bhith aig cuid dha na Fèisean aig àm na Càisge. Tha sinn an còmhnaidh a' leudachadh air na cur-seachadan a tha againn. Tha mi cuideachd gu bhith a' sireadh barrachd daoine airson ar stòr-data son Sgioba-G.
2.3	**2.3 Leasaich uidheamachdan airson a' Phoileasaidh Ghàidhlig againn a lìbhrigeadh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal**
	Tha barrachd dhan na Fèisean a' tighinn thugam a-nis a' faighneachd airson cuideachadh le eadar-theangachadh agus tha seo a ciallachadh gu bheil tòrr a bharrachd dhan na Fèisean a' sgaoileadh stuthan a tha air fad anns an dà-chànan. **Stòr-dàta de bhriathran agus bhriathrachas airson Fèisean ri bhith air làrach-lìn ro no ann an 2007 (Targaid BNAG)** Tha an stòr-data de dh'fhaclan is abairtean feumail air an làrach-lìn againn. Thèid barrachd liostaichean a chuir an àrda anns an àm ri teachd agus thèid leasachadh a dhèanamh air na th'againn air an làrach chun a seo. **Cùrsaichean Gaidhlig agus Stuthan Ghàidhlig son Fèisean (Targaid BnaG)** Ged nach bi a h-uile Fèis a faighneachd son Sgioba-G bidh iad a' tighinn thugam son beachdan fhaighinn agus cuideachd son stuthan mar soidhnichean airson na tachartasan aca. Tha na seòrsa stuthan seo agam deiseil son sgaoileadh sa bhad.
2.4	**Develop wholly Gaelic-medium Fèisean and Gaelic medium tuition at existing and new Fèisean**
	Barrachd Fèisean tro Mheadhan na Gàidhlig Bha mi an làthair aig na chiad chlasaichean a bh'aig Fèis a' Chaolais am bliadhna. Bha na h-àireamhan an seo math dha rìribh agus bha e gu math soilleir gu robh an latha a' còrdadh ri na com-pàirtichean. Bidh mi ag obair le na Fèisean son rannsachadh a dhèanamh a thaobh cothroman son Fèisean a bhith ruith clasaichean tro mheadhan na Gàidhlig aig na Fèisean aca son na com-pàirtichean a tha fileanta sa chànan.

Neach-obrach	**Emily Edwards**
Dreuchd	**Òigear Thasglann agus Pròiseactan Sònraichte**
Ràithe na h-aithisg	**An Dùbhlachd 2008 – An Gearran 2009**

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** **Adhartas**
4.4	**Pròiseact nan tasglann ri steidheachadh**
	Tha Fèis Air An Oir air tòrr agallamhan a dhèanamh agus tha sinn a-nis ag obair air na tar-sgrìobhaidhean agus a' cur leabhran ri chèile. Tha Fèis a' Bhaile agus Fèis na h-Òige ag obair air pròiseact a' sgrìobhadh sgeulachdan tionnsgalach, far a bheil iad a' sgrìobhadh sgeulachdan mu na rudan a chaidh an lorg air Blàr Chùil-lodair. Tòisichidh sinn air leabhran a chur ri chèile anns a' Ghiblean agus tha sinn ag amas air cuirm-ciùil a chur air dòigh as t-samhradh 2009 le òrain, puirt is sgeulachdan mun bhlàr. Tha Fèis Ceann Loch Goibhle cuideachd a' gabhail pàirt ann am Pròiseact nan Tasglann far a bheil com-pàirtichean aig a bheil Gàidhlig ann an Àrdsgoil Dun Omhainn a' cumail agallamhan còmhla ri muinntir Earra-Ghàidheal. Gu ruige seo chaidh dà agallamh a chumail agus tha sinn an dùil barrachd a dhèanamh a' chiad sheachdain den Mhàirt.
6.3	**Ceanglaichean Eadar-Nàiseanta**
	Aig an ìre seo, chan eil leasachaidhean ann a thaobh ceanglaichean eadar-nàiseanta.
6.7	**Cothroman taisbeanaidh**
	Ghabh 23 com-pàirtichean pàirt ann an 'Dealbh Dùthcha' ann an Liverpool air 1 / 2 Dùbhlachd còmhla ri daoine òga bho 16 bailtean eile, far an robh com-pàirtichean air am brosnachadh dualchas nan sgìre aca a sgrùdadh agus ag adhartachadh. Chaidh coimisean ùr a sgrìobhadh le Blair Dùghlais air a son le òrain Ghàidhlig, ceòl agus dannsa ceuma is tha e coltach gun do chòrd e ris na luchd-èisteachd thar an dà latha. Bha ùidh mhòr aig na meadhanan nàiseanta anns an tachartas seo agus chaidh e a' comharrachadh air Radio One agus a' BhBC 2 Culture Show.

Neach-obrach	**Nicola Marshall**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**
Ràithe na h-aithisg	**An Dùbhlachd 2008 – An Gearran 2009**

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** **Adhartas**
1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.**
	Anns an Dùbhlachd agus a' chiad seachdain an dèidh nan saor-làithean bha mi trang a' coinneachadh leis na Fèisean anns an sgìre agam airson formaichean-iarrtais a chrìochnachadh agus planaichean a chur air dòigh airson na bliadhna seo. Tha na coinneamhan seo gu math feumail. Bha mi glè thoilichte coinneachadh ri Fèis a' Chaolais airson a chiad turas agus tha mi an dòchas gum bi mi a' dèanamh mòran obrach còmhla riutha. Bidh Fèis na h-Oige agus Fèis a' Bhaile ag obair còmhla am-bliadhna air sreath ùr de bhùthan-obrach obair-chòmhlain. Bidh am pròiseact a' crìochnachadh le cuirm-chiùil ann an Eden Court mar pàirt den fhèis Blas. Bha Fèis Chataibh gu math trang anns an Dùbhlachd. Rinn iad da bhùth-obrach shoirbheachail, aon ann an sgilean PA agus tè eile ann an obair-chòmhlain. Chuir iad a-staigh iarrtas gu Pròg ram Cultar na Gàidhealtachd airson consairt sònraichte a chur air dòigh airson an fhicheadamh ceann-bliadhna aca. Tha mi dòchasach gum bi coinneamh agam le Suzanne Irvine bho Dhruim na Drochaid anns na seachdainean a tha tighinn airson bruidhinn mu dheidhinn Fèis Chille Mhoraig a thòiseachadh a-rithist no Fèis ùr a thòiseachadh ann an Druim na Drochaid. Bidh Fèis Inbhir Narann a' tachairt air 20-21 den mhìos seo. Bidh Fèis Air an Oir, Fèis a' Bhealaich agus Fèis Mhoireibh a' leantainn leis na clasaichean àbhaisteachd aca.
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**
	Tha Calum Ailig is mi fhìn ag obair gu dlùth ri cheile airson taic a thoirt dha na Fèisean leis na planaichean Gàidhlig aca. Rinn sinn iarrtais ron Nollaig airson taic-airgid fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig. Bha sinn soirbhechail le sin agus bidh an fhèis ur 'Freumhan' a' tachairt ann an Ceann Loch Goibhle anns a Ghiblean.
3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim foirmeil.**
	Bidh Fèis Spè, Fèis an Earraich, Fèis Chataibh agus Fèis Rois a' leantainn le YMI anns na bun-sgoiltean.
4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth**
	Tha mi fhathast a' dol gu coinneamhan Blas. Bidh Fèis Alba a' tachairt air a' Phloc bho 6 gu 10 Iuchar. Tha na Cèilidhean air Chuairt air fad a' tighinn air adhart agus bidh deuchainnean-cluiche a' tachairt anns na mìosan a tha tighinn. Bidh mi an sàs leis na deuchainnean-cluiche airson Fèis Spè.
5	**Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean**
	• 18 Dùbhlachd – Gàidhlig le Ailig • 9 Faoilleach – Coinneamh Oifigearan Leasachaidh • 23 Faoilleach – Coinneamh le Judith Bullivant mu dheidhinn a' phlana-leasachaidh ùr aig Fèis Spè • 3 Gearran – Coinneamh Oifigearan Leasachaidh • Bidh mi fhèin agus na h-oifigearan leasachaidh a' dèanamh bùth-obrach air 'Ciamar a chuireas sibh air dòigh Fèis' aig deireadh seachdain Fèis Trèanaidh
6	**Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.**

	Chaidh mi gu Liverpool còmhla ri Emily agus an còmhlan airson Dealbh Dùthcha. Bha an seinneadair òg, Rachel Sermanni bho na Cèilidhean air Chuairt sa Mhonadh Ruadh 2008 a' seinn ann an Alloway aig an suipeir Burns airson Tilleadh Albannach a chur air bhog. Bidh mòran chom-pàrtichean bho na Fèisean anns an sgìre agam an sàs ann am Blas am-bliadhna. Bidh compartichean bho Fhèis Rois a' cluich aig dìnnear ann an Taigh-òsta Dhruim Athaisidh air a' mhìos seo airson Giles Insurance.

Neach-obrach	**Christine Nic an t-Saoir**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**
Ràithe na h-aithisg	**An Dùbhlachd 2008 – An Gearran 2009**

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** **Adhartas**
1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.**
	Tha mi air a bhìdh aig na fèisean agam air fad airson cuideachd a thoirt dhaibh leis a formaichean Tabhartasan aca Bha mi aig na AGM's aig Fèis Arainn, Dhùn Bhreatainn, Dhùn Omhain, an t òban agus Thiriodh. Tha fèis Arainn a dèanamh 10 butheann obrach a bliadhna airson deugairean Tha fèis Cholla a dèanamh clasaichean airson luchd sgeulachdhain an ath mhios agus cuideachd claseachean Gàidhlig. Bith Fèis Dhùn Bhreatainn a cuir dithis timichal 6 sgoiltean airson buthean obrach and a drama agus "crafts" Bith Fèis Dhùn Omhain a deanamh buithean obrach agus classichean airson bocsa. Tha iad cuideachd ag obair comhla ri Ard Sgoil Dhùn Omhain air proseact eadar linn Tha Feis Cheann Loch Goibhle a deanamh aortas air a cheilidh trail aca agus cuideach a deanamh DVD. Bha proseact na sgoiltean aca blishana uabhsach fhein math le 11 sgoiltean a gabhal pairt. Bi fèis Ile agus Dhuira ann air 16 den Gearran. Tha fèis Latharna a dol gu math le clasichean air Disarthine , a deanamh cosir beag agus ag obair comhla ris a chuilan pipearachd . Tha Fèis Mhuile a tighin air aodhart le buthean obrach aig dearadh a Gearran. The fèis Thioridh a cuir cuisean ur air bhon airson fèis na blidhnal seo.
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**
	Eadar mi fhin agus an luch obrach eile, tha sinn air cursa airson an tseachdhain "Freumhan" a chuir air bhon an a Ceann Loch Gobhle. Bi mi fhin a cuir buth obrach air doigh airson Fèis Dhùn Bhreatainn agus tha Fèis Cheann Loch Gobhle air luchd sgeulachdhain le Gàidhlig astadh cheana. Tha an proseact Drama Erra Ghàideal air a rathad a bhidh deseal airson a chuir suas anns a Cheitain
3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim fo'irmeil.**
	Tha mi air a bhi a feachaidhin ri coinneamh a chuir air doigh eadar Fèisean nan Gàidheal agus Chomhrle Erra Ghàidheal airson seorsa de chunant a thoirt seachachd airson Drama a chuir an a barrachd sgoiltean agus tha sinn tha bhor a tighin gu ire a nis. Tha a proseact sgoiltean aig Cheann Loch Gioibhle a deanamh deugh adhartas anns na bun sgoiltean an a meadhean Erra Ghàidheal. Tha Sgoil Ghramar Dhùn Omahin cuideachd a deanmh adhartas leis a proseact larach linn aca
4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth**
	Tha Fèis Chean Loch Goibhle ag obair le Erin leis a Cheilidh trail aca
5	**Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean**
	Bith mi cuir air bhon latha traidhnaidh airson Fèis Dhùn Bhreatainn agus bith mi a cuideachd aig a latha trainaidh aig an fhèis and a Strath Peffer
6	**Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.**
	Tha a pròiseact Slighe Chaluim Cille gu bhi air a dhèanamh còmhla ri luchd ceòl as Èirinn

Neach-obrach	**Caoimhin Iain Rodgers**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**
Ràithe na h-aithisg	**An Dùbhlachd 2008 – An Gearran 2009**

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** **Adhartas**
1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.**
	Theid **Fèis nan Garbh Chrìochan** a chumail anns an Ath Tharchail am bliadhnn (anns an sgoil ùr). Tha sinn uile a' coimhead air adhart ris gu mòr agus tha sinn a' smaoineachadh mu dheidhinn bunting a chur an àrd tro seachdain nam Fèis. Tha sinn fhathast ag obair air proiseact na sgòile far an teid PA, solais agus bleecher seating a cheannach . Tha sinn air a bhith a' cumail conaltrahd le CEA air an iarrtas againn agus theid co-dhùnadh a dhèanamh ann am beagan seachdainan. Theid iartas eile a chur gu LEADER ag aithghearr cuideachd. 'S ann air an 10mh agus 11mh den Iuchar a tha **Fèis Eige** a' riuth am bliadhna. Tha sinn air a bruidhinn mu dheidhinn doighean far am b' urrainn do Fhèis Eigge a bhith anns sam anns an Fhèis Uaine. Tha na clasaichean aig **Fèis Oigridh na Mara** air a bhith a' riuth gu math agus tha e na thoilicheas a ràdh gun d' fhuair sinn airgead bho 'Comunnity Foundation' a tha a' ciallachadh gun urrainn dhuinn ionnsramaidean ùra a cheannach (fhuair sinn taic bho Fèisean nan Gàidheal cuideachd). Bha AGM againn san Fhaoileach agus tha 6 daoine ùra againn air a' chomataidh. Tha sinn a-nis a' coimhead air Fèis 3 laithean a chumail san t-Sultain. Aig **Fèis Lochabair** tha sinn air a bhith ag obair air Ceilidhean air Cuairt 09 . Tha sanasan a-mach dha na sgoilearan agus bidh auditions againn 7mh Mairt.Tha sinn faisg air cuideigin fhasdach airson am proiseact a laimheasachadh. Aig an àm seo, tha sinn ag obair air proiseact far an teid eadar-theangachadh a dhèanamh air CD-Rom airson an leabhar teagaisg aig a' Cholaisde Pìobaireachd gu Gàidhlig bho Beurla. Fhuair sin airgead bho Fèisean nan Gàidheal agus Bòrd na Gàidhlig air a shon agus bu choir gum bidh e deiseal againn anns a' Ghiblean. Bhon a tha mi air a bhith an sàs leotha, thachair mi ri **Fèis Glaschu** da thùras agus bhruidhinn sinn mu dheidhinn iomadadh rud (Gaidhlig nam measg) agus tha mi a 'tadhal orra a-rithist seachdain an Fhèis agus as a dhèidh. Tha Rona NicDhomhaill gu bhith far a h-obair (Maternity leave) bho toiseach am Mairt. Tha **Fèis Gleann Albainn** dìreach air PA a cheannach agus theid a chleachdadh aig Fèis nan Inbheach agus airson clasaichean PA a thoirt seachad aig Fèis Gleann Albainn. Tha sinn air toiseachadh ann a bhith a' cur seachadh 15 mionaidean leis an luchd teagaisg (ro na clasaichean) agus a chumail clasaichean beaga Gàidhlig leotha.. Gu mi-fhortanach, tha drochd naicheachd agam air Sharon Fraser a bha na pairt mòr den sgoiba aig Fèis Gleann Albainn. As deidh dhi a bhith bochd airson deagh ghreis bhasaich i roimhe Nollaig . Tha planaichean againn cuirm-ciùil a chur air doigh na cuimhne. Aig **Fèis Naoimh Chonbhail,** tha troiblaid air a bhith againn a' lorg àite freagaireach airson an Fhèis. Chaidh a chumail ('san bliadhnaichean a dh'fhalbh) ann am Barrhead ach tha sinn airson a chumail ann an Neilston bho seo a-mach (barrachd uidh). Tha ionnsramaidean air a bhith nan troiblaid airson **Fèis Lanraig a Tuath** (mar a th'aig a h-uile Fèis) agus aig an àm seo tha sin a' feuchainn ri airgead a thogail gus Clarsaich agus bocsaichean ciùil a cheannach. Theid an Fhèis a chumail eadar 3mh agus 7mh An Lunasdal. Tha sinn fhathast ag obair air an còmhlan 'pop' agus, ged tha troiblaid air a bhith againn tha sinn a' gluasad air adhart ris agus thathar an dòchas gun urrainn do chlann bho **Fèis Innis an Uillt** pairt a ghabhail ann. Tha na buitean obrach aig **Fèis Inis an Uillt** a dol ceart gu leòr. Mar a rinn mi le na Fèisean eile ann an Glaschu, thachair mi riutha tri tùrsan bhon a thoisich mi ag obair leotha agus tha sinn cuideahcd ag iarraidh ionnsramaidean ùra a cheannach. Thasin air a bhith a' bruidheann mu dheidhinn Fèis fad seachdainn a chumail am bliadhna ach tha coltas ann a-nis nach gabh a dhèanamh gus an ath bhliadhna.
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**

	Tha mi air bruidhinn ri dithis bho Fèis Eige a bha a' nochdadh uidh ann a bhith a' dèanamh an Cùrsa Inntrigidh agus tha mi 'n diul a bhruidhinn ris an comataidh air fad anns na beagan seachdainan a tha ròmhainn gus rudeidgin a chuir air bhonn . Bhruidhinn mi cuideachd ri dà a-mach as na tri comataidhean a th' agam (air an Tìr Mhòr) mu dheidhinn Bùth – Obrach Gàidhlig a chuir air doigh gach treasamh mios. Bhiodh seo math airson mìsneachd agus a bhruidhinn mu dheidhinn trioblaid 's m.s.a.a
3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim foirmeil.**
	Tha Fèisean ann an Lochabar an sàs ann an YMI agus 's e Rachel Walker a bhios ga thoirt seachd anns an sgìre seo. Tha dàimh làidir aig Fèisean ann an Lochabair leis na sgòiltean faisg orra agus bith iad ag obair gu dliùth còmhla riuth far a bheil e comasach a dhèanamh. Tha mi fhìn an drasda, ag obair gu dliùth le LTS (Ionnsachadh agus Teagasg ann an Alba) gus Tàisbeanadh a thoirt seachadh air an Fhèis Ionnsachaidh a theid a chumail air an 24mh den t-Sultain ann an Glaschu. 'S e an amas a th'againn a shealltainn am buinteanas a th' aig Gàidhlig agus Cùltar na Gàidhlig san latha 'n diugh agus mar a theid sinn air adhart leis.
4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth**
	Tha mi an sàs le proiseact uabhasach mòr aig an am seo (tro Fèis nan Garbh Chrìochan) ann am com-partaicheas le Comhairle na Gaidhealtachd a chuireas uidheam ùr a-steach gu talla na sgoile ùr a bhios ga fhàgail comasach dhaibh tachartan Ciùil agus Cultarach a chumail ann le Fuaim, Solais agus Goirreasan air leth math . Gu foileasach gheibh Fèis nan Garbh Chriochan buannachd bho seo ach, 's ann aig a' chòimhearsnachd air fad a bhios am buannachd as mòtha oir theid tòrr a bharrachd tachartan cultarachd agus ceòlmhor (aig ìre gu math àrd) a chumail anns an sgìre aca. Tha mi air toiseachadh a dh'obair air proiseact (os-leth Feis Lochabair) ann an com-pairteachas leis an Colaisde Pìobairachd a chuireas CD-Rom (a tha a' dol leis an Leabhar Tiutor) a-steach gu Gàidhlig.
5	**Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean** • An Damhair 08 – Photoshop (Inbhirnis) • An Dubhlach 08 – Gàidhlig (An t-Eilean Sgìtheanach)
6	**Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.**
	A-rithist, bidh an fheadhan a ghabh pairt anns na Ceilidhean air Cuirt ann an Lochabar a' nochdadh aig cuid de na tachartan aig Blas ann an 2009.

Neach-obrach	**Jenna Chuimeanach**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**
Ràithe na h-aithisg	**An Dùbhlachd 2008 – An Gearran 2009**

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** **Adhartas**
1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.**
	Tha mi ag obair gu dlùth le Fèis Taigh Dhonnchaidh airson taic a thoirt dhaibh le bhith ag ullachadh airson Fèis na bliadhna-sa. Tha an Fhèis a' gabhail àite aig àm a' Chàisg agus iad an dòchas barrachd òigridh a thàladh aig an àm seo den bhliadhna. Tha comataidh Fèis Taigh Dhonnchaidh ag iarraidh Fèis ùr a chur air dòigh airson clann eadar aois 4 – 7 bliadhna cuideachd. Thèid an ath choinneamh a' chumail air Diciadain 18 Gearran far am bi sinn a' bruidhinn air an leasachadh ùr a tha seo. Tha Fèis Tìr a' Mhurain trang an-dràsta a' feuchainn ri luchd-teagasg a dhearbhadh airson na bliadhna-sa. Airson ceann-bliadhna na Fèise a chomharrachadh tha iad a' cumail cèilidh ann an Uibhist a Deas. Thèid a chumail anns a' Ghiblean agus tha iad an dòchas gum bi measgachadh de luchd-teagasg, pàrantan is òigridh an làthair. Thairis air na mìosan a tha air a dhol seachad tha mi air a bhith a' còmhradh ri Rebecca NicAoidh, Feis Rathairsaidh, iomadach uair. Tha mi air a bhith a' toirt taic dhith le luchd-teagasg agus le bhith a dèanamh cinnteach gu bheil iad ceadaichte a bhith a' teagasg aig an Fhèis am-bliadhna. Bidh Feis Rathairsaidh a' gabhail àite 12 -14 Gearran.

	Tha mi air a bhith trang a' cuideachadh cuid de na Fèisean le iarrtasan airson Sgeama Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal; Fèis an Earraich, Fèis Tìr an Eòrna agus Fèis Eilean an Fhraoich.
	Tha riochdairean bho Fhèis an Earraich air fiathachadh fhaighinn gus pàirt a ghabhail ann am Fèis Dannsa-Dùthchais anns a' Ghearmailt anns an Ògmhios agus the iad a' sireadh maoineachadh airson buidheann de dhannsairean agus luchd-ciùil às an Eilean Sgitheanach agus sgìre Loch Abar a thoirt ann. Tha Fèis Eilean an Fhraoich agus Fèis Tìr an Eòrna airson bùthan-obrach a chur air dòigh rè na bliadhna a bhios fosgailte do dheugairean. Thèid ceithir buth-obrach a chur air dòigh uile gu lèir 's iad uile air an cumail air Disathuirne.
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**
	Tha mi air toiseach-tòiseachadh a dhèanamh air planaichean Gàidhlig a chruthachadh airson gach Fèis anns an sgìre. Gu ruige seo tha planaichean ùra aig Fèis Tìr a' Mhurain agus Fèis Bharraigh. Tha mi air fiosrachadh a chruinneachadh bho Fèis Eilean an Fhraoich agus Fèis Eilean an Hearadh agus tha mi an dòchas planaichean ùr ullachadh dhaibh anns na seachdainnean a tha ri thighinn.
3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim foirmeil.**
	Tha Fèis an Earraich a' leantainn orra le clasaichean YMI air feadh na sgìre. Tha sgoilearan a' faighinn measgachadh de chlasaichean a h-uile seachdain; am fìdeag agus obair-bhuidhne nam measg.
4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth**
	Tha mi ag obair le Caroline NicIllinnein, Stiùiriche Fèis Cheilteach Innse Gall, airson pròiseact ùr a lìbhrigeadh le Fèis Eilean an Fhraoich an ath-bhliadhn' ann an co-bhonn ri Fèis Cheilteach Innse Gall. Tha am pròiseict ag amas air cothrom a thoirt don òigridh a bhios a' frithealadh nam Fèisean anns na h-Eileanan an Iar an cuid sgilean a thaisbeanadh ann an cuirm-chiùil aig Fèis Cheilteach Innse Gall 2009. Bidh aca ri òran Gàidhlig a thaghadh agus ullachadh a tha co-cheangailte ri na sgìrean aca fhèin agus ri cuspair na cuirme, 'Ar dachaigh' - a' comharrachadh An Tilleadh Albannach 2009. A thuilleadh air seo thig iad còmhla aig toiseach na Fèise airson crìoch na prògram ionnsachadh – òran ùr Gàidhlig a bhios air a chur ri chèile le neach-ciùil a bhuineas dha na h-Eileanan. Tha sinn ag obair air iarrtas an-dràsta airson Comhairle Ealain na h-Alba a' sireadh taic mu choinneamh an coimisean ùr a tha seo. Tha sinn dòchasach gu bheil Cèilidh air Chuairt na bliadhna-sa gu bhith a' gabhail àite as t-Samhradh. Tha sinn air dà sheachdain, aig toiseach an Lùnastal, a' chomharrachadh airson a' chuairt fhèin. Thèid coinneamh a' chumail air Diciadain 18 Gearran le Tony Robson, Tatù Innse Gall airson beachdachadh air na cothroman ciùil a tha rim faotainn aig an tachartas seo.
5	**Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean**
	Tha mi an dòchas gum bi na Fèisean anns na h-Eileanan air an riochdachadh nas fheàrr an ath-bhliadhn' aig an Fhèis Trèanaidh a bhios air a cumail ann an Srath Pheofhair. Tha mi air a bhith ag innse dhaibh cho feumail agus a tha an Fhèis airson sgilean ùra a thogail. Aig an ìre seo tha mòran air gealltainn gu dèan iad oidhirp a bhith an làthair.
6	**Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.**
	Fhuair mi fiathachadh bho Sgioba na Gaidhlig pàirt a' ghabhail ann an coinneamh Comataidh na Gaidhlig a bhios air a chumail air Diardaoin 12 Gearran. Tha mi air taisbeanadh ullachadh mu dheidhinn an obair a tha mi air a bhith a dèanamh on a thòisich mi san dreuchd agus de na leasachaidhean a tha mi a' sùileachadh a choileanadh am-bliadhna. 'S e deagh chothrom a bhios ann ach an choinnich mi ri luchd-obrach à buidhnean eile.

Fèisean nan Gàidheal

Iarrtasan Ballrachd

Àireamh air a' Chlàr Gnothaich: 1.2009.06(b)

Adhbhar a' Phàipeir

Tha dà Fhèis ùr air iarrtas a chur thugainn airson ballrachd agus tha feum air aonta bhon Bhòrd do bhuill ùr sam bith.

Bun Fhiosrachadh

Tha iarrtas air tighinn bho dhà sgìre a tha ag iarraidh Fèis a stèidheachadh. That Fèis Ghallaibh gu bhith ann an Gallaibh, an aon sgìre air a riaghladh le Comhairle na Gàidhealtachd far nach eil Fèis an-dràsta. Tha an t-iarrtas eile bho Bhlàr Ghobharaidh.

Poileasaidh

Fon chùmhnant a th' againn le Comhairle Ealain na h-Alba tha dleastanas oirnn a bhith ag obair air feadh na dùthcha agus a bhith a' dol a-steach gu sgìrean far nach eil sinn ag obair an-dràsta. Bhon taobh seo, bu chòir dhuinn a bhith taiceil dhan dà iarrtas a tha seo.

Anns a' chùmhnant a th' againn le Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean (InG), bha againn ri dà fhèis ùr a stèidheachadh gach bliadhna eadar 2006 agus 2009. Tha sinn air an targaid sin a ruighinn mar tha ach, leis nach robh fèis a-riamh ann an Gallaibh agus tha 's e aon de na sgìrean dùbhlanach aig InG, dh'fhaodadh gum biodh fèis anns an sgìre a' neartachadh ar n-iarrtas airson taic airgid bho InG. Leis nach eil mòran leasachaidhean Gàidhlig ann an Gallaibh, dh'fhaodadh gum biodh Fèis buannachdail dhan iomairtean cultarail Gàidhlig a tha a' dol air adhart san sgìre.

Tha aon chunnart an lùib nan iarrtasan seo agus 's e sin gum biodh feum air taic airgid air an son, agus dh'fheumadh sin tighinn bhon bhuidseat stèidhichte a th' againn airson tabhartasan nam Fèisean.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill gabhail ri na h-iarrtasan seo airson ballrachd de dh'Fhèisean nan Gàidheal.

Art MacCarmaig
Ceannard
Gearran 2009

Iarrtas Ballrachd – Membership application

Airson ballrachd a thoirt a-mach le Fèisean nan Gàidheal, feumaidh sinn fiosrachadh fhaighinn bhuaibh a leigeas leinn cead a' Bhùird-Stiùiridh againn fhaotainn ballrachd a thoirt dhuibh. Ma bhios sibh soirbheachail bidh na cùnnraidhean a leanas an cois ur ballrachd.

To be considered for membership of Fèisean nan Gàidheal, we need to get some information from you which will allow us to get approval from our Board of Directors to offer you membership.

1. **Feumaidh gach fèis a bhith a' cur air dòigh cothroman-teagaisg airson òigridh eadar 8 agus 18, le Gàidhlig na pàirt gu math mòr nan lùib, a bharrachd air ceòl bhon dhualchas Gàidhlig agus òrain Gàidhlig a theagasg. Chan urrainnear taic a chumail ri fèisean a tha gu tur airson inbhich.**

   All Fèisean applying for membership must be tuition-based, for young people aged 8-18, with a significant Gaelic language element, as well as tuition of music and song from the Scottish Gaelic tradition. Please note that we cannot support activities specifically for adults.

2. **Feumaidh gach fèis Plana Gàidhlig a chur thugainn, a bhios a' mìneachadh an dòigh anns am bi iad a' fighe a' Ghàidhlig a-steach do gach nì a tha iad a' dèanamh. Tha Poileasaidh Gàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal – a tha ri fhaighinn air an CD a tha an lùib seo - a dh'fheumas gach fèis a leantainn.**

   All Fèisean must submit a Gaelic Plan to us, detailing how they aim to incorporate Gaelic into all their activities. Fèisean nan Gàidheal has a Gaelic Policy – which is available on the accompanying CD - with which all Fèisean are expected to comply.

3. **Feumaidh gach fèis a bhith deònach gabhail ris Poileasaidh Cùram Chloinne Fèisean nan Gàidheal. Gheibhear leth-bhreac air a' CD an lùib seo. Feumaidh Oifigear Cùram Chloinne a bhith agaibh - cuideigin air a' chomataidh a bhios deònach dèiligeadh ri gnothaichean cùram chloinne. Feumaidh luchd-teagaisg, luchd-taice, buill chomataidhean agus daoine eile saor thoileach a dhol tro sgrùdadh àrd ìre le Disclosure Scotland.**

   All Fèisean will be required to comply with Fèisean nan Gàidheal's Child Protection Policy, a copy of which is on the accompanying CD. All Fèisean must appoint a Child Protection Officer - a member of the committee who is responsible for ensuring the Child Protection Policy is implemented and records are kept up to date. Enhanced disclosure checks are a requirement for all Fèis tutors, supervisors, committee members and other volunteers.

4. **Feumaidh gach fèis a bhith ag obair taobh a-staigh amasan Fèisean nan Gàidheal a tha air am mìneachadh gu h-iseal.**

   Each fèis must also be willing to act within the aims and objectives of Fèisean nan Gàidheal, which are detailed below.

Ar dualchas ... ar n-òigridh

'S e caidreabh neo-eisimeileach nàiseanta de dh'Fhèisean teagaisg ionadail a th' ann am Fèisean nan Gàidheal

Tha Fèisean ann a dh'aona-ghnothaich gus dualchas is cànan nan Gàidheal a theagasg do dhaoine òga ann an suidheachadh spòrsail is sàbhailte.

Amas Fèisean nan Gàidheal

Tha e mar amas dhan bhuidhinn gum bi ealain, cànan is dualchas nan Gàidheal rim faotainn agus air am meas le barrachd is barrachd dhaoine le bhith cur taic ri agus a' leudachadh Fèisean teagaisg ionadail, a tha gu sònraichte do dh'òigridh.

Our culture ... our young people

Fèisean nan Gàidheal is an independent national association of tuition-based local festivals known as Fèisean (singular Fèis).

Fèisean are designed to teach young people in a fun, safe environment about Gaelic culture and language.

Aim of Fèisean nan Gàidheal

The aim of the organisation is to make Gaelic Arts, Language and Culture more accessible and more widely appreciated through the support and development of community-based tuition Fèisean, primarily for young people.

Prìomh-Oifis: Fèisean nan Gàidheal | Taigh a' Mhill | Port-Rìgh | An t-Eilean Sgitheanach | IV51 9BZ
Head Office: Fèisean nan Gàidheal | Meall House | Portree | Isle of Skye | IV51 9BZ
Fòn/Telephone 01478 613355 | Facs/Fax 01478 613399 | Post-d/E-mail brath@feisean.org
Companaidh earranta a tha na buidheann carthannais/Company limited by guarantee recognised as a charity | Àireamh chlàraidh/Registration number SC 130071

'S e na cinn-uidhe:

- Taic a chur ri bhith leudachadh Fhèisean fa leth, ri bhith brosnachadh dòighean-obrach math, agus ri bhith leudachadh na h-àireimh de thachartasan
- 'S e prìomh amas cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh sna Fèisean, labhairt mar sheòl-conaltraidh is meadhan-teagaisg a leudachadh, a rèir feumalachdan gach coimhearsnachd a tha na Fèisean a' frithealadh
- Obair nam Fèisean ann an roinn an fhoghlaim a leudachadh
- Pròiseactan sònraichte 's obair fo chùmhnant a lìbhrigeadh, le com-pàirtichean, 's air an toirt gu buil le Fèisean nan Gàidheal is Fèisean fa leth
- Trèanadh a leudachadh gus cur ri sgilean muinntir nam Fèisean agus gus sàradh a chur air adhart sna Fèisean
- A' cumail oirnn a bhith brosnachadh dàimh nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile is dùthchannan eile, agus aithne air na Fèisean a leudachadh le bhith gabhail barrachd chothroman a thaobh sanasachd is follaiseach

The objectives are to:

- Provide support for the development of individual Fèisean, promoting excellent working practices, and developing their range of activities
- Develop the use of the Gaelic language within the Fèis movement, developing the spoken word as a means of communication and medium for tuition, according to the needs of the community each Fèis serves, is a key objective.
- Develop the work of the Fèisean within the formal education sector
- Deliver strategic projects and contract work, with partners, carried out by Fèisean nan Gàidheal and individual Fèisean
- Develop training to enhance the skills of those involved in Fèisean and promote excellence within the Fèis movement
- Continue to foster closer links between Fèisean, other organisations and other countries, and raise the profile of the Fèis movement through enhanced PR and showcase opportunities

Ma tha sibh riaraichte aontachadh ri na cùnnraidhean a tha seo, agus ma sibh airson a dhol air adhart le ballrachd a thoirt a-mach, cuir thugainn an fhiosrachadh a leanas, le bonn-stèidh agus dearbhadh *gu bheil cunntas-banca* agaibh ann an ainm na Fèise.

If you are happy to agree to the conditions above, and you want to go ahead with an application for membership, please complete the details below and send it back to us, along with a copy of your Fèis constitution and confirmation of a bank account in the Fèis name.

	AN COMUNN GÀIDHEALACH MEUR GHALLAIBH
Ainm Na Fèise – Fèis Name	FÈIS GHALLAIBH
Ainm an tagraiche – Applicant's Name	CELIA M Mc DOUGALL
Dreuchd - Position	COMMITTEE MEMBER - FEIS DEVELOPMENT
Seòladh - Address	RATHLIN
	SHEBSTER
	CAITHNESS
Còd Puist – Post Code	KW14 7RO
Àireamh Fòn – Telephone Number	01847 - 811 388
Àireamh Fòn-làimhe – Mobile Number	-
Seòladh puist-d – E-mail address	celia@rathlin-shebster.fsnet.co.uk
Ceann-làithean na Fèise agaibh – Your proposed Fèis Dates	21ST MARCH; 23RD MAY; 5TH SEPTEMBER 2009

Tha mi a' dearbhadh gu bheil mi air na cùnnraidhean a leughadh agus gu bheil mi a' gabhail riutha. Tha mi a' tagradh airson ballrachd Fèisean nan Gàidheal às leth na feise tha shuas

I confirm that I have read the conditions and agree to abide by them. I am applying for membership of Fèisean nan Gàidheal on behalf of the abovementioned Fèis

Celia M. Mc Dougall ..... **Ainm-sgrìobhte**/Signature 21/01/09 **Ceann-là**/Date

Ma bhios ur tagradh soirbheachail, cuiridh sinn cunntas thugaibh airson na cìs ballrachd.

If your application is successful, we will invoice you for the membership fee.

Cuir fiosrachadh air ais gu:
Fèisean nan Gàidheal | Taigh a' Mhill | Port-Rìgh | An t-Eilean Sgitheanach | IV51 9BZ
Please return information to:
Fèisean nan Gàidheal | Meall House | Portree | Isle of Skye | IV51 9BZ

'S e na cinn-uidhe:

- Taic a chur ri bhith leudachadh Fhèisean fa leth, ri bhith brosnachadh dòighean-obrach math, agus ri bhith leudachadh na h-àireimh de thachartasan
- 'S e prìomh amas cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh sna Fèisean, labhairt mar sheòl-conaltraidh is meadhan-teagaisg a leudachadh, a rèir feumalachdan gach coimhearsnachd a tha na Fèisean a' frithealadh
- Obair nam Fèisean ann an roinn an fhoghlaim a leudachadh
- Pròiseactan sònraichte 's obair fo chùmhnant a lìbhrigeadh, le com-pàirtichean, 's air an toirt gu buil le Fèisean nan Gàidheal is Fèisean fa leth
- Trèanadh a leudachadh gus cur ri sgilean muinntir nam Fèisean agus gus sàradh a chur air adhart sna Fèisean
- A' cumail oirnn a bhith brosnachadh dàimh nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile is dùthchannan eile, agus aithne air na Fèisean a leudachadh le bhith gabhail barrachd chothroman a thaobh sanasachd is follaiseach

The objectives are to:

- Provide support for the development of individual Fèisean, promoting excellent working practices, and developing their range of activities
- Develop the use of the Gaelic language within the Fèis movement, developing the spoken word as a means of communication and medium for tuition, according to the needs of the community each Fèis serves, is a key objective.
- Develop the work of the Fèisean within the formal education sector
- Deliver strategic projects and contract work, with partners, carried out by Fèisean nan Gàidheal and individual Fèisean
- Develop training to enhance the skills of those involved in Fèisean and promote excellence within the Fèis movement
- Continue to foster closer links between Fèisean, other organisations and other countries, and raise the profile of the Fèis movement through enhanced PR and showcase opportunities

Ma tha sibh riaraichte aontachadh ri na cùnnraidhean a tha seo, agus ma sibh airson a dhol air adhart le ballrachd a thoirt a-mach, cuir thugainn an fhiosrachadh a leanas, le bonn-stèidh agus dearbhadh gu bheil cunntas-banca agaibh ann an ainm na Fèise.

If you are happy to agree to the conditions above, and you want to go ahead with an application for membership, please complete the details below and send it back to us, along with a copy of your Fèis constitution and confirmation of a bank account in the Fèis name.

Ainm Na Fèise – Fèis Name	FÈIS AN T-SRATH
Ainm an tagraiche – Applicant's Name	MR GRAHAM REID
Dreuchd - Position	CHAIR
Seòladh - Address	29 REFORM STREET
	BLAIRGOWRIE
Còd Puist – Post Code	PH10 6BD
Àireamh Fòn – Telephone Number	01250 874230 (DAY)
Àireamh Fòn-làimhe – Mobile Number	
Seòladh puist-d – E-mail address	REIDHOUSE@TALKTALK.NET
Ceann-làithean na Fèise agaibh – Your proposed Fèis Dates	MAY 2009

Tha mi a' dearbhadh gu bheil mi air na cùnnraidhean a leughadh agus gu bheil mi a' gabhail riutha. Tha mi a' tagradh airson ballrachd Fèisean nan Gàidheal às leth na feise tha shuas

I confirm that I have read the conditions and agree to abide by them. I am applying for membership of Fèisean nan Gàidheal on behalf of the abovementioned Fèis

..... **Ainm-sgrìobhte**/Signature 30 JANUARY 2009 **Ceann-là**/Date

Ma bhios ur tagradh soirbheachail, cuiridh sinn cunntas thugaibh airson na cìs ballrachd.

If your application is successful, we will invoice you for the membership fee.

Cuir fiosrachadh air ais gu:
Fèisean nan Gàidheal | Taigh a' Mhill | Port-Rìgh | An t-Eilean Sgitheanach | IV51 9BZ
Please return information to:
Fèisean nan Gàidheal | Meall House | Portree | Isle of Skye | IV51 9BZ

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org